



# Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan

## Ro-innleachd Nàiseanta Thachartasan na h-Alba

2024 – 2035



- 02. **Facal-toisich bho na Ministearan**
- 03. **Facal-toisich bho Chathraiche Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan**
- 05. **Gach Buil is Buannachd Thuige Seo**
- 07. **Ar Lèirsinn, Ceann-uidhe is Dòighean-obrach Ro-innleachdail**
- 10. **Carson a tha Alba aithnichte mar Shàr Dhùthaich nan Tachartasan?**
- 13. **A' Coileanadh na Ro-innleachd**
  
- 16. **Adhartas airson Tachartasan**
- 16. 1. Tachartasan In-ghabhalach
- 18. 2. Ionmhas is Taic
- 19. 3. Rogha is Taghadh
- 21. 4. A' Measadh, a' Sgrùdadh agus ag Aithris air Builean
  
- 24. **Adhartas airson a' Ghnìomhachais**
- 24. 1. A' Tàladh, a' Gleidheadh is a' Cruthachadh Taghadh Farsaing de Dhaoine Tàlantach
- 26. 2. Sàr Phlanadh is Coileanadh
- 27. 3. Tachartasan Cunntachail
  
- 30. **Adhartas airson Alba**
- 30. 1. Bun-structair is Seirbheisean
- 31. 2. Cliù is Ìomhaigh
- 35. 3. Eaconamaidh an Luchd-tadhail
  
- 37. **Coileanadh**
- 37. A' Measadh Soirbheachas, Aithrisean agus Ath-sgrùdadh
  
- 43. **Eàrr-ràdh 1 – Prìomh Bhuidhnean**
- 45. **Eàrr-ràdh 2 – Modhan Co-chomhairleachaidh agus Liosta de Luchd Co-chomhairleachaidh**

## Facal-toisich bho na Ministearan

'S iomadh buannachd a tha Alba a' faighinn bho roinn nan tachartasan, agus iad a' cur air dòigh taghadh farsaing de thachartasan soirbheachail air feadh na dùthcha. Tha iad a' cur ri eaconamaidh an luchd-tadhail. Tha iad a' brosnachadh cheanglaichean is co-chonaltradh gu h-eadar-nàiseanta agus a' cur ri cliù na dùthcha air feadh an t-saoghail. Tha iad a' cur ri math dhaoine agus aonachd ar coimhearsnachdan.

Tha dùbhlain anabarrach mòr air a bhith romhainn o chionn beagan bhliadhnaichean, le leithid COVID-19 agus staing nan cosgaisean bith-beò, agus tha iad sin fhathast a' toirt buaidh oirnn. Tha luchd-eagrachaidh airson tachartasan, beag is mòr, air sealltainn gu bheil iad fìor mhath air obrachadh còmhla agus air dòighean-obrach innleachdach a chur an sàs sna h-amannan glè dhoirbh seo, agus sin mar bhunait airson ath-nuadhachadh a thoirt air an roinn. Fhad 's a tha ionmhas poblach a' sìor fhàs gann, tha e glè chudromach gun obraich sinn còmhla gus dèiligeadh ris na dùbhlain a tha romhainn.

Le Ro-innleachd Nàiseanta Thachartasan na h-Alba 2024 - 2035 tha e na amas dhuinn togail air an iomadh nì a chaidh a choileanadh mu thràth ann an roinn nan tachartasan agus dèiligeadh ris na dùbhlain a th' ann agus ealla a ghabhail ri prìomhachasan a thèid a chomharrachadh. B' ann tro cho-obrachadh a chaidh an ro-innleachd seo a dhealbhadh, le beachdan a' tighinn bho



Aonghas Robasdan



Ridseard Lochhead

roinn nan tachartasan, Aonaidhean-ciùird, Ùghdarrasan Ionadail agus bhon roinn phoblaich san fharsaingeachd. Chaidh prìomhachasan soilleir aontachadh mar thoradh air seo gus ro-innleachd a dhealbhadh a bheir stiùir dhan roinn air fad, agus a bheir a h-uile duine còmhla gus amasan coitcheann a choileanadh.

Tha e riatanach gun cùm sinn oirnn ag obair còmhla, a' tarraing air an aon ràmh, ma thathar a' dol a choileanadh na ro-innleachd seo: co-obrachadh le farsaingeachd de luchd-ùidhe agus far an cluinnear iomadh diofar ghuth. Feumaidh sinn cumail oirnn a' togail air na com-pàirteachasan làidir a th' againn san dùthaich – agus ceanglaichean ùra a chruthachadh – gus an dèan sinn làn-fheum de ar stòrasan. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ris an dòigh-obrach seo, a bhios cho cudromach dhan amas gum bi roinn nan tachartasan cho soirbheachail 's as urrainn air feadh Alba.

San Ro-innleachd airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh thathar a' comharrachadh roinn nan tachartasan mar ghnìomhachas glè chudromach sa bheil Alba am measg nan dùthchannan as fheàrr san t-saoghal. Mar phàirt dhen cheannas a bhios Alba a' nochdadh do chàch bidh roinn nan tachartasan againn a' cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri bochdainn cloinne agus iad a' brosnachadh mhodhan-obrach airson Obair Chothromach, air a bheil fios sa phlana-choileanadh againn airson An Toiseach-tòiseachaidh as Fheàrr, Dùil is Dòchas nar Beatha. Cuideachd, feumaidh sinn dèiligeadh ri suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde, agus dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd, eugsamhlachd, agus in-ghabhail fhathast aig cridhe gach rud a nì sinn.

Feumaidh sinn cumail oirnn le bhith a' cur atharraichean is ùr-ghnàthachadh an sàs, agus feumaidh sinn stòrasan a chur gu feum mu choinneimh amasan an riaghaltais airson co-ionannachd, chothroman is choimhearsnachdan. Mar sin, 's urrainn do roinn nan tachartasan a tha a' soirbheachadh cuideachadh le bhith a' stèidheachadh Alba mar dhùthaich a tha nas cothromaiche, nas uaine agus nas beartiche.

'S urrainn dhan ro-innleachd seo cuideachadh gus roinn nan tachartasan a ghleidheadh agus a leasachadh mar roinn a tha neartmhor, daingeann agus cunntachail – bho thachartasan coimhearsnachd ionadail cunbhalach gu tachartasan gnothachais, cultarach is spòrs eadar-nàiseanta a thachras dìreach aon turas – agus roinn a bhios a' cur taic luachmhor ri eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine ann an Alba, is a bhios a' cur ri cliù na h-Alba mar shàr dhùthaich nan tachartasan.

**Aonghas Robasdan,**  
Rùnaire a' Chaibineit airson a' Bhun-reachd, Cùisean an Taobh A-muigh agus Cultar

**Ridseard Lochhead,**  
Ministear airson Gnothachas

## Facal-toisich bho Chathraiche Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan



Peter Duthie

Tha gnìomhachas thachartasan na h-Alba am measg na feadhna as fheàrr a gheibhear san t-saoghal, agus iad a' cur thachartasan is chothroman sàr-mhath air dòigh a tha a' cur ri eaconamaidh, comann-sòisealta agus cultar na h-Alba. Tha na tha sinn air a choileanadh na adhbhar moit dhuinn agus tha amasan àrda againn airson an ama ri teachd. Tha Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan air a bhith a' toirt stiùireadh ro-innleachdail do gnìomhachas nan tachartasan bho 2008, agus tha an tionndadh ùr seo dhith a' toirt an stiùiridh dhuinn a tha dhìth gus ar n-inbhe eadar-nàiseanta a ghleidheadh gu 2035.

Chaidh Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan (BCGT) airson Alba a stèidheachadh mar thoradh air iartas bhon gnìomhachas agus ann an com-pàirt ri Riaghaltas na h-Alba agus Roinn-stiùiridh nan Tachartasan aig VisitScotland. Choinnich iad airson a' chiad uair san Ògmhios 2020 agus tha i nis mar mheadhan fìor chudromach airson co-chonaltradh, co-chomhairleachadh agus co-obrachadh sa gnìomhachas, agus i a' toirt guth coitcheann dhaibh a bhios air a thoirt fa-near nuair a bhithear a' dealbh phoileasaidhean is phrìomhachasan ùra. Tha e air a bhith na thoileachas dhomh a bhith sa Chathair aig BCGT fad na h-ùine seo agus tha mi fada an comain nan iomadh co-obraiche bhon gnìomhachas a chuidich sinn agus a thug taic dhuinn, agus an comain oifigearan is Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba airson an cuid taice is co-chonaltraidh. Tha mi toilichte fhaicinn gum bi dleasan cudromach fhathast aig BCGT leis an ro-innleachd ùr seo.

Thug an gnìomhachas taic fìor chudromach seachad gus cuideachadh le bhith a' dealbh Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan agus tha iad gu bhith a cheart cho cudromach a-nis ann a bhith a'coileanadh ceann-uidhe na ro-innleachd, ann an com-pàirt ri Riaghaltas na h-Alba, Riaghaltas Ionadail, VisitScotland agus farsaingeachd de luchd-compàirt eile a tha air 'Sgioba na h-Alba'. Thàinig an ro-innleachd ùr seo gu bith mar thoradh air iomairt cho-chomhairleachaidh fharsaing

far an deach beachdan a shireadh bho dhaoine fa leth is buidhnean air feadh na roinne is na dùthcha. 'S e a tha dhìth, gun obraich sinn uile còmhla ann an dòigh chunntachail, le misneachd is amasan àrda, fhad 's a tha sinn ag aithneachadh agus a' gabhail uallach airson a' phàirt a th' againn ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun lean soirbheachas na roinne againn.

Tha BCGT air co-chonaltradh agus molaidhean a dhèanamh fhad 's a bhathar a' dèanamh ath-sgrùdadh is ùrachadh air an ro-innleachd, agus tha mi dhen bheachd gu bheil ro-innleachd sàr-mhath eile againn a tha freagarrach airson na h-ùine air thoiseach.

Às leth na Buidhne-chomhairleachaidh agus roinn nan tachartasan ann an Alba, tha e na thoileachas dhomh m' ainm is aonta a chur ris an ro-innleachd seo agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri co-obraichean ann an roinn nan tachartasan agus a bhith a' cuideachadh le bhith a' toirt na lèirsinn gu buil gum bi Alba na sàr dhùthaich airson tachartasan.

*Peter Duthie*

**Peter Duthie**  
Cathraiche, Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan  
Ceannard, Àrainn Thachartasan na h-Alba



## Gach Buil is Buannachd Thuige Seo

Tha ainm aig Alba gu h-eadar-nàiseanta mar thè de na dùthchannan as fheàrr airson tachartasan. Bidh tachartasan cultarach, gnothachais agus spòrs cho math 's a th' ann, beag is mòr, gan cumail fad na bliadhna air feadh na dùthcha sna h-ionadan iomraiteach is àiteachan anabarrach brèagha againn. Tha spèis aig daoine air feadh na cruinne do ar cliù ionmholta airson inbhe is meud nan tachartasan againn agus ar cuid chomasan gus an cumail.

A thuilleadh air ar fèisean cultarach, bliadhna, sàr-mhath, tha Alba cuideachd air soirbheachadh le tairgsean airson tachartasan iomraiteach eadar-nàiseanta a chumail leithid Gheamannan a' Cho-fhlaitheis 2014; Cupa Ryder 2014; Duaisean MTV na h-Eòrpa 2014; Farpaisean Lùth-chleasachd na h-Eòrpa 2018; Cupa Solheim 2019; UEFA Euro 2020; COP26 ann an 2021; agus a' chiad Fharpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI 2023 – an tachartas baidhsagalachd a bu mhotha a bh' ann riamh.

### A' coileanadh ar n-amasan àrda

Chaidh Ro-innleachd Nàiseanta nan Tachartasan fhoillseachadh airson a' chiad uair ann an 2008 gus togail air a' chothrom a bh' aig Alba a bhith am measg nam prìomh dhùthchannan airson tachartasan. Chaidh a h-ùrachadh an uair sin airson na h-ùine 2015 – 2025. Tha na h-amasan àrda a chaidh a chur an cèill sna ro-innleachdan mu dheireadh air cuideachadh gu mòr leis mar a chaidh taghadh farsaing de thachartasan a chumail gu soirbheachail, agus an soirbheachas sin ri linn dìcheall is lèirsinn nan daoine san roinn, agus mar thoradh air a' cho-obrachadh a tha mar bhunait do 'Sgioba na h-Alba'. Cuideachd, tha an t-ionmhas a chaidh a chosg air, agus an ùidh a th' aig daoine anns, na h-ionadan-tachartais fìor mhath againn air a bhith gu ar buannachd, leithid nan ionadan a chaidh a thogail airson Gheamannan a' Cho-fhlaitheis 2014, ar n-ionadan co-labhairt is ciùil a tha air duaisean a chosnadh, agus ar n-ionadan acadaimigeach sàr-mhath.

Tha an iomairt chunbhalach is leantainneach gus roinn thachartasan na h-Alba a thoirt air adhart sna 20 bliadhna a dh'fhalbh air cruth-atharrachadh a thoirt air cùisean, chun na h-ìre 's gu bheil Alba a-nis gu math aithnichte mar shàr dhùthaich airson tachartasan. Ge-tà, cha robh na comasan agus an cliù a th' againn riamh ann, ach thàinig iad tro thaic, leasachaidhean, ionmhas agus iomairtean leudachaidh a dh'aona-gnothach.

Chithear fianais air na buannachdan brìghmhor is susbainteach a thàinig bhon iomairt leantainneach seo a

thòisich ann an 2003 ann an rannsachadh a bharantaich [Fòram Gnìomhachas nan Tachartasan](#) ann an 2018, a sheall gun robh tachartasan air a' bhàr a-muigh ann an Alba (ron ghalar mhòr-sgaoilte) a' cruthachadh 52,801 obraichean Ionann ri Làn-thìde, agus gun robhar a' cosg £3.5bn gach bliadhna nan lùib agus gun robh iad a' cur Luach lomlan a Bharrachd de £2.8bn ris an eaconamaidh.

Mar an ceudna, sheall [Aithisg Thachartasan na RA airson 2020](#) gun robh 2019 na bliadhna air leth soirbheachail airson gnìomhachas nan tachartasan nuair a chaidh £70 billean a chosg gu dìreach sa ghniomhachas, agus sin mar còrr is 50% dhen airgead a chaidh a chosg ann an eaconamaidh luchd-tadhail na RA. Rinn VisitScotland tuairmse gun robh mu 9%<sup>1</sup> de na chaidh a chosg an lùib na gnìomhachd eaconamach seo a' buntainn ri Alba, sin £6bn air a chosg gu dìreach sa ghniomhachas an seo agus an t-sùim sin co-ionann ri suas ri 50% de na chaidh a chosg gu h-iomlan ann an eaconamaidh luchd-tadhail na h-Alba.

### A' cuideachadh gus atharraichean buannachdail a chur an sàs

Chan e a-mhàin gu bheil tachartasan a' toirt chothroman sàr-mhath agus brìghmhor do mhuintir na h-Alba agus do luchd-tadhail, faodaidh iad cuideachadh le bhith a' cur atharraichean buannachdail an sàs ann an iomadh raon. Tha iad mar mheadhan buadhach air fàs san eaconamaidh, bidh iad a' sìneadh tarsainn air crìochan de gach seòrsa, cuiridh iad ri moit dhaoine mar shaoranaich agus luchd-dùthcha, agus cuidichidh iad le bhith a' lorg fhuasglaidhean do dhùbhlain eadar-nàiseanta leithid a bhith a' cuideachadh le bhith a' coileanadh Cinn-uidhe Leasachaidh Sheasmhach an UN.

Tha cothroman air leth math ann cuideachd le tachartasan cur ri [math](#) muintir na h-Alba agus, aig ìre phoileasaidhean, builean susbainteach a choileanadh mu choinneimh cheann-uidhe is thargaidean a gheibhear ann an ro-innleachdan co-cheangailte ri tachartasan. Nam measg, ach chan e dìreach an



Tatù Rìoghail Armailteach Dhùn Èideann  
© Kenny Lam/VisitScotland

fheadhainn seo, tha [Ro-innleachd Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba](#) airson [Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh \(RNCE\)](#), ar ro-innleachd turasachd nàiseanta [Scotland Outlook 2030](#), [Spòrs nar Beatha](#), [Ro-innleachd Chultarach na h-Alba](#), [An Ro-innleachd airson Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba](#), [Plana Coileanaidh airson Alba Ghnìomhach](#), [Plana Corporra VisitScotland](#), agus prìomhachasan [chom-pàirteachasan eaconamach roinneil](#). Mar sin, feumaidh ceannardan poileasaidh air feadh an riaghaltais agus nan diofar bhuidhnean taic gnìomhach a chur ris an ro-innleachd seo gus làn-bhuannachd fhaighinn bhuaiphe air feadh nan raointean poileasaidh.

### Atharraichean san roinn

Ged a tha roinn thachartasan na h-Alba air soirbheachadh gu mòr thar nam bliadhnaichean, tha dùbhlain mar nach fhacas riamh air a bhith ann o chionn beagan bhliadhnaichean, agus tha na dùbhlain sin fhathast, fhad 's a tha sinn a' sgrìobhadh na ro-innleachd seo, a' toirt buaidh mhòr air cùisean. Tha comas is seasmhachd roinn thachartasan na h-Alba fhathast fo chunnart nach beag ri linn leithid a' ghalair mhòr-sgaoilte, mar a dh'fhàg an RA an Roinn Eòrpa, staing na cumhachd (dealain, gas is eile), gainnead luchd-obrach, gainnead sgìlean, agus nas lugha maoinachaidh agus buidseatan nas lugha san roinn phoblaich. Tha barrachd farpais ann cuideachd bho chinn-uidhe eile san RA agus thall thairis, agus sin a' cur cliù na h-Alba mar aon de na dùthchannan as fheàrr airson aogheachd ann an cunnart. Cuideachd, tha cosgaisean nas àirde agus a' bhuidhe a th' aig sin a' cur bacadh mòr air athnuadhachadh san roinn, agus iad a' toirt buaidh air an t-siostam-sholair, luchd-obrach, agus air àireamhan luchd-èisteachd is luchd-amais. A thuilleadh air sin, feumaidh an gnìomhachas dèiligeadh ri farsaingeachd de phoileasaidhean is riaghailtean ùra.

Ge-tà, thig cothroman an lùib dhùbhlain. Fhad 's a tha eaconamaidh na cruinne a' sìor atharrachadh, tha roinn nan tachartasan a' cumail orra le bhith a' dèanamh

làn-fheum de leasachaidhean teicneòlais ùra leithid AI, a' cleachdadh mhion-sgrùdaidhean air dàta gus tuigse fhaighinn air na tha a' còrdadh ri luchd-ceannaich, a' coileanadh bhuilean thar ghrunn raointean poileasaidh, agus le bhith a' stiùireadh adhartas mu choinneimh phrìomhachasan leithid a bhith a' gluasad gu ruige [cothromachadh-carboin](#), [Obair Chothromach](#) agus a' cruthachadh comann-sòisealta a tha nas eadar-mheasgaichte is nas in-ghabhalaiche. Tha an roinn glè chudromach cuideachd nuair a thig e gu bhith a' brosnachadh co-chonaltradh eadar-nàiseanta, a' toirt chothroman do dhaoine beachdan-smuain a cho-phàirteachadh, a thaobh co-obrachaidh chruthachail is chultarach, agus a thaobh cheanglaichean dioplòmasach.

### Amasan coitcheann

Tha an ro-innleachd seo a' togail air molaidhean is beachdan feumail a chaidh a chruinneachadh an lùib [co-chomhairleachadh poblach is co-chonaltradh farsaing le luchd-ùidhe](#) a chaidh a chumail ann an 2023. Tha i air a dealbh gus stiùir ro-innleachdail a thoirt dhan a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith a' planadh, a' cur air dòigh, a' toirt taic do, agus a' libhrigeadh thachartasan de gach meud ann an Alba eadar seo is 2035.

Tha saoghal gnìomhachas nan tachartasan a' sìor atharrachadh, eadar miannan luchd-ceannaich a bhios ag atharrachadh, leasachaidhean teicneòlais, dùbhlain chruinneil, agus atharraichean sòisealta agus air an àrainneachd. Tha an ro-innleachd seo a' togail air bunaitean làidir is air soirbheachas, agus a dh'aindeoin saoghal caochlaideach is dùbhlanaich, tha roinn ùr-ghnàthach, làidir, agus lèirsinneach againn.

<sup>1</sup> Bha mu 9% de luach turasachd na RA ann an 2019 a' buntainn ri Alba, stèidhichte air luach thursan-latha le luchd-tadhail na dùthcha agus tursan luchd-tadhail na dùthcha is eadar-nàiseanta a dh'fhuirich an oidhche. Tha luach mu £6bn ann an roinn thachartasan na h-Alba, sin mar phàirt de luach thachartasan na RA a bha a rèir tuairmse faisg air £70 billean. Chan eil san tuairmse sin ach figear mìneachail.



# Ar Lèirsinn, Ceann-uidhe is Dòighean-obrach Ro-innleachdail

Tha an ro-innleachd gus taic a chur ri roinn thachartasan na h-Alba soilleir agus a' cur amasan àrda romhainn.

## An Lèirsinn

Gum bi Alba na Sàr Dhùthaich airson Tachartasan

## An Ceann-uidhe

Roinn nan tachartasan a ghleidheadh agus a leasachadh, tro bhith ag obair mar Sgioba na h-Alba, roinn a tha neartmhor, daingeann agus cunntachail agus a tha aithnichte mar roinn fìor shoirbheachail gu h-eadar-nàiseanta agus a chuireas taic luachmhor ri eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine ann an Alba. Thèid seo a choileanadh tro bhith a' cur air dòigh taghadh sàr-mhath, eadar-dhealaichte agus in-ghabhalach de thachartasan cultarach, spòrs is gnothachais – do chom-pàirtichean, luchd-obrach, coimhearsnachdan, agus luchd-tadhail.

## An Ro-innleachd

Gus an lèirsinn agus an ceann-uidhe a choileanadh stèidhichte air trì raointean eadar-cheangailte, agus tha prìomhachasan anns gach fear:

### Adhartas airson Tachartasan

1. Tachartasan In-ghabhalach
2. Ionmhas is Taic
3. Rogha is Taghadh
4. A' Measadh, a' Sgrùdadh agus ag Aithris air Builean

### Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan

#### Adhartas airson a' Ghnìomhachais






1. A' Tàladh, a' Gleidheadh is a' Cruthachadh Taghadh Farsaing de Dhaoine Tàlantach
2. Sàr Phlanadh is Coileanadh
3. Tachartasan Cunntachail

#### Adhartas airson Alba

1. Bun-structar is Seirbheisean
2. Cliù is Ìomhaigh
3. Eaconamaidh an Luchd-tadhail

## Na Builean

Tha na **raointean eadar-cheangailte** is **prìomhachasan** san ro-innleachd glè chudromach dhan iomairt gus suidheachadh a chruthachadh san urrainn dhan roinn cuideachadh le bhith a' coileanadh prìomh builean nàiseanta mar phàirt de dh'eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine ann an Alba. Le bhith a' coileanadh na ro-innleachd, nithear cinnteach gun tachair na leanas:

Prìomh Bhùilean Nàiseanta	Builean Roinn nan Tachartasan
 <b>An Eaconamaidh</b>	Tha roinn nan tachartasan air stèidh ionmhasail dhaingeann, seasmhach, agus a' fàs. Gheibhear buannachdan eaconamach nach beag aiste air feadh sgìrean is eileanan na h-Alba agus airson na dùthcha air fad.
 <b>Coimhearsnachdan</b>	Tha tachartasan a' cur taic ri slàinte chorporra, inntinn agus shòisealta dhaoine agus ri math dhaoine is choimhearsnachdan.
 <b>An Àrainneachd</b>	Tha roinn nan tachartasan a' gabhail cùram mun àrainneachd agus a' cur an sàs eadar-ghluasad cothromach gu Cothromachadh-carboin.
 <b>Luchd-obrach</b>	Tha roinn nan tachartasan na roinn tharraingeach airson obair le modhan-obrach a thaobh <u>Obair Chothromach</u> gan cur an sàs airson an luchd-obrach, agus mar thoradh air sin bidh guth buadhach is tèarainteachd aca, bidh tlachd san obair aca agus cothroman, agus nochdar spèis dhaibh.
 <b>Cliù is Ìomhaigh</b>	Gheibhear tachartasan air leth math a nì taisbeanadh air Alba, ar luachan, agus ar stòrasan air feadh na cruinne, agus a chuireas ri ìomhaigh is cliù na dùthcha gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta.

Gheibhear fiosrachadh mionaideach sna duilleagan a leanas air na dòighean-obrach, prìomhachasan agus ceumannan a dh'fheumar a chur an sàs tro obair chom-pàirteach gus an ro-innleachd a choileanadh.





## Carson a tha Alba aithnichte mar Shàr Dhùthaich nan Tachartasan?

'S e ar lèirsinn gum bi Alba na Sàr Dhùthaich airson Tachartasan. Le sin, tha sinn a' ciallachadh gum bi Alba am measg nan dùthchannan as fheàrr airson a bhith a' cruthachadh, a' cumail, agus a' cur air dòigh thachartasan cultarach, spòrs agus gnothachais agus gu bheil cliù eadar-nàiseanta againn airson sàr thachartasan.

Leis gach seòrsa tachartais a th' againn, eadar feadhainn coimhearsnachd agus feadhainn ana-mhòr, bidh sinn a' cur thachartasan brìoghmhor, susbainteach, agus freagarrach air dòigh do luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail, luchd-tàlantach, agus com-pàirtichean fhad 's a tha sinn a' coileanadh bhuilean mu choinneimh phrìomhachasan ro-innleachdail Nàiseanta is Roinneil. Tha Sàr Dhùthaich nan Tachartasan a' ciallachadh gu bheil sinn aithnichte airson ar cuid eòlais agus a bhith ag obair cho math thar nan roinnean poblach is prìobhaideach, agus thar na treas roinne agus choimhearsnachdan gus roinn a chruthachadh sa bheil sàr ìrean coileanaidh, innleachdas, agus builean matha thar na gearr-ùine agus na h-ùine fada.

Tha grunn neartan sònraichte aig Alba a tha gar fàgail mar Shàr Dhùthaich nan Tachartasan. Tha iad sin fìor chudromach do mar a tha sinn air aon de na dùthchannan as fheàrr airson a bhith a' cruthachadh agus a' cumail thachartasan. Nam measg tha: ar daoine, ar n-ìomhaigh chultarach is dualchas, ar n-àrainneachd nàdarra, ar goireasan togte, ar tachartasan suaicheanta, agus ar comasan is cliù acadaimigeach is roinneil.

## Am measg nan neartan tha:

### Ar daoine

Tha cliù aig Alba airson mar a chuireas sinn fàilte air a h-uile duine, ar bun-aithne shoilleir, nàiseanta agus dealas ar daoine. Cuideachd, tha cliù againn airson ar luchd-obrach sgileil is eòlach, agus coimhearsnachdan eadar-mheasgaichte, a' gabhail a-steach luchd-obrach saor-thoileach. 'S iad ar daoine as cudromaiche anns gach tachartas, agus iad a' cuideachadh le bhith gan cur air dòigh agus iad a' faighinn bhuanachdan bhuapa. Tha an t-eòlas, ealantachd, agus comasan a th' aig ar daoine air feadh na roinne is ar coimhearsnachdan agus tachartasan innleachdach is soirbheachail a chruthachadh is a chumail glè chudromach agus feumar taic a thoirt dhaibh a thaobh sin. Tha ar daoine an seo agus thall thairis nan tosgairean air leth airson 'Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan' agus 's urrainn do thòrr dhaoine air feadh an t-saoghail, le freumhan Albannach no spèis do dh'Alba, ar roinn a chur air adhart dìreach mar as urrainn do ar gnothachasan is luchd-acadaimigeach tro na ceanglaichean nàiseanta is eadar-nàiseanta fìor mhath aca.

### Ar n-ìomhaigh chultarach is dualchas

Tha cultar is dualchas sònraichte na h-Alba mar ulaidh ro phrìseil dhuinn. Chan e a-mhàin gu bheil iad mar bhunaidh do dh'ìomadh tachartas cultarach is fèis shoirbheachail, ach tha beairteas is eugsamhlachd ar cultair a' tarraing thachartasan a dh'Alba. Tha cultar eugsamhail aig muinntir na h-Alba, le freumhan dualchasach cho math ri feartan ùr-nodha, a tha a' gabhail a-steach eachdraidh; biadh is deochan cliùiteach; ar cliù mar phrìomh dhùthaich airson foghlam, ailtireachd, agus ùr-ghnàthachadh; ar diofar chànanan leithid Gàidhlig is Albais; ar taighean-tasgaidh is gailearaidhean; ar bàird, luchd-ealain, sgrìobhadairean is luchd-ciùil ainmeil agus na tha a' tachairt ann an roinn a' chultair an-diugh leithid ar fèisean agus gnìomhachasan cruthachail. Cuideachd, tha sia Làraich Dhualchais na Cruinne aig UNESCO againn, a' chiad slighe UNESCO san t-saoghal agus ceithir Bailtean-mòra Cruthachail – Dùn Dè, Baile-mòr an Dealbhachaidh; Dùn Èideann, Baile-mòr an Litreachais; Glaschu, Baile-mòr a' Chiùil agus Peairt Baile-mòr nan Ciùirdean is na Mith-ealain.

### Ar n-àrainneachd nàdarra

Tha saoghal nàdair air leth sònraichte aig Alba, le cruthan-tìre iongantach is bith-àrainnean nach fhaighear ach ainneamh san t-saoghal. Tha bòidhchead is feartan ar n-àrainneachd nàdarra mar bhun do dh'ìomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba, tha iad riatanach do mar a bhios roinnean na turasachd agus nan tachartasan a' soirbheachadh agus mar bhunaidh do ar bun-aithne nàiseanta agus amasan airson eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine. 'S urrainn do thachartasan taisbeanadh a dhèanamh air bòidhchead is eugsamhlachd na h-Alba agus aig an aon àm sealltainn mar as urrainn dhuinn dèiligeadh ri suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde agus na bith-iomadachd. Eadar baidhsagalachd-bheinne is spòrs charbadan, sligheadaireachd is rèisean marathòn, surfadh is snàmh, tha am measgachadh de dh'oirthirean, eileanan, cruthan-tìre agus raointean-uaine sna bailtean-mòra a th' againn nan stòrasan nàdarra prìseil a chuidicheas sinn le bhith a' cumail agus a' tàladh thachartasan mòra, cunntachail a dh'Alba.

### Ar goireasan togte

Tha dualchas ailtireachd beairteach againn ann an Alba. Tha sin a' ciallachadh gu bheil taghadh farsaing is iomraiteach de thoglaichean eachdraidheil agus ùra againn a bheir sealladh iongantach do dhaoine airson nan tachartasan aca agus san gabh tachartasan a chumail. Nam measg tha an SEC agus OVO Hydro ann an Glaschu, EICC ann an Dùn Èideann, an V&A ann an Dùn Dè, P&J Live ann an Obar Dheathain, Taigh-cluiche is Talla-consairt Pheairt, Caistealan Dhùn Èideann agus Shruighlea agus iomadh ionad-ealain sgoinneil leithid Eden Court ann an Inbhir Nis.

Cuideachd, tha goireasan spòrs sàr-mhath againn airson spòrs a-muigh agus a-staigh leithid na feadhna a chaidh a thogail airson Geamannan a' Cho-fhlaitheis 2014 ann an Glaschu, Lannan-cluiche Murrayfield is Hampden, agus an iomadh raon-goilf ainmeil a th' againn. Tha e riatanach gun tèid ar bun-structair is seirbheisean taice a ghleidheadh agus gun tèid ionmhas a chosg orra ma tha sinn airson cumail oirnn a' soirbheachadh

### Ar tachartasan suaicheanta

Tha farsaingeachd de thachartasan bliadhna is cunbhalach ann an Alba air am faodar 'suaicheanta' a thoirt oir tha cliù eadar-nàiseanta aca, tha iad mar phàirt bunaiteach de ar bun-aithne cultarach is spòrs agus tha dlùth cheangal aca ri Àiteachan. Tha iad seo glè chudromach ma tha sinn a' dol a ghleidheadh ar n-àrd-inbhe mar phrìomh dhùthaich airson tachartasan eadar-nàiseanta agus tha iad mar bhun-stèidh do ro-innleachd nan tachartasan agus dhan ghnìomhachas air fad. Tha Iomall Fèis Dhùn Èideann, aon de na tachartasan as fheàrr san t-saoghal airson nan ealain is cultar; Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann, le dualchas gun samhail air a cùl agus liuthad chothroman gus gàirdeachas a dhèanamh ri ceòl, dràma, opara, agus dannsa; Oidhche Chalainn ann an Dùn Èideann a bhios air a craoladh air feadh an t-saoghail; agus Tatù Rìoghail Armairteach Dhùn Èideann uile a' ciallachadh gu bheil cliù eadar-nàiseanta aig ar prìomh-bhaile mar bhaile mòr nam fèisean. Bidh Celtic Connections ann an Glaschu – prìomh fhèis na RA airson ceòl traidiseanta, dualchasach agus cruinneil – a' togail cheanglaichean eadar cultaran air feadh an t-saoghail agus tha an fhèis bheothail seo a-nis freumhaichte ann am beatha a' bhaile.

Tha ar taghadh farsaing de thachartasan goilf, leithid na Farpaise Fosgailte a thèid a chumail an seo gu tric agus Farpais Fhosgailte na h-Alba a bhios ann gach bliadhna, a' daingneachadh inbhe na h-Alba mar Dhachaigh a' Ghoilf. Cuideachd, thèid tachartasan a chumail air feadh na dùthcha a bhios a' cur ri agus a' togail air cultar sgìrean ionadail agus nam measg tha Fèis Leabhraichean Wigtown, Up Helly Aa ann an Sealtainn agus Fèis Cheilteach Innse Gall ann an Steòrnabhagh.



HebCelt  
© HebCelt

### Ar comasan is cliù acadaimigeach is roinneil

Tha comasan is cliù acadaimigeach is roinneil aig Alba cho math 's a gheibhear ann an dùthaich sam bith. Tha iad seo fìor chudromach do luchd-compàirt a bhios a' cur thachartasan gnothachais air dòigh, oir gu tric bidh iad a' coimhead air na comasan acadaimigeach is roinneil a th' aig baile no sgìre, agus air sàr ionadan acadaimigeach a tha faisg orra leithid oilthighean is ionadan ùr-ghnàthachaidh, nuair a tha iad a' roghnachadh àite airson an tachartais aca. Mar eisimpleir, tha oilthighean na h-Alba glè mhath air Saidheansan Beatha agus air sàillibh nan comasan sin bidh àireamh mhòr de cho-labhairtean co-cheangailte ris an raon sin gan cumail ann an Alba.

Tha na comasan seo cudromach dhan amas tachartasan gnothachais a chumail a tha a' co-fhreagairt air amasan nàiseanta na h-Alba, far am bi eòlaichean na cruinne a' tighinn an seo gus bruidhinn air cùisean ionadail, roinneil no cruinneil agus gus adhartas a dhèanamh leotha.

Cho math ri ar prìomh neartan, tha taghadh de dh'eileamaidean ro-chudromach a dh'fheumas a bhith ann ma tha sinn a' dol a thoirt ar lèirsinn gu buil gum bi Alba na Sàr Dhùthaich airson Tachartasan. Tha fiosrachadh orra sin san ath earrainn.



Nollaig ann an Dùn Èideann  
© VisitScotland/Peter Dibdin



Ionad Cho-labhairtean  
Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann  
© David Barbour



## A' Coileanadh na Ro-innleachd

Tha na h-eileamaidean ro-chudromach a leanas riatanach ma thathar a' dol a choileanadh na ro-innleachd seo gu buadhach:

### Amasan Àrda gar Sìor Stiùireadh

Cha bu chòir dhuinn gabhail ris gun lean ar cliù is gun glèidh sinn ar comasan gun tuilleadh oidhirpean – chaidh an leasachadh a dh'aona-ghnothach, chaidh ionmhas a chosg orra, agus chaidh leudachadh orra mar phàirt de dhòighean-obrach ro-innleachdail nàiseanta. Tha e riatanach gun lean an taic phoilitigeach is ionmhasail. Ma thig lasachadh air ar n-amasan, agus mar thoradh air sin lùghdachadh air meud is farsaingeachd nan tachartasan againn, bidh nas lugha buaidhe aig na tachartasan agus bidh cunnart ann gun caill sinn daoine, sgilean agus tàlantan air feadh na roinne. Bhiodh e doirbh stad a chur air leithid a chall agus bheireadh e ùine mhòr an roinn ath-nuadhachadh.

### Oidhirpean Com-pàirteach le 'Sgioba na h-Alba'

'S ann le dòighean-obrach com-pàirteach, buadhach a thèid tachartasan fìor mhath a chumail agus tha sin riatanach ma tha iad gu bhith soirbheachail. Air sàillibh na tha dhìth airson tachartasan, gu tric feumaidh taghadh mòr agus farsaing de bhuidhnean is daoine fa leth obrachadh còmhla gus an cur air dòigh. Faodaidh sin a bhith a' gabhail a-steach na roinnean poblach is prìobhaideach, an treas roinn, companaidhean ioma-nàiseanta, Companaidhean Beaga is Meadhanach Mòr (CBM), aonaidhean-ciùird, buidhnean saor-thoileach is coimhearsnachd agus an siostam-solair san fharsaingeachd. Tha e riatanach gun tèid an luchd-compàirt buntainneach a chomharrachadh, gun gabh iad pàirt agus gu bheil tuigse aca air na dleastanasan aca agus a' bhuaidh a bheir iad air cùisean.

### Guth Làidir airson na Roinne

Tha e cudromach gum bi guth is creideas coitcheann aig roinn nan tachartasan agus comas buaidh choitcheann a thoirt air cùisean. Chaidh Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan (BCGT) a stèidheachadh gus dèiligeadh ri mòr-sgaoileadh Covid-19. Tha Cathraiche neo-eisimeileach aca, agus tha na buill aca a' tighinn bho air feadh na roinne agus tha a' bhuidheann a' tighinn fo rianachd

Roinn-stiùiridh nan Tachartasan aig VisitScotland. Nuair a bha an galar mòr-sgaoilte ann, bha i na meadhan glè fheumail air co-chonaltradh is còmhraidhean, agus ghabh an Riaghaltas ealla ri beachdan na buidhne ann a bhith a' dèiligeadh ri mòr-sgaoileadh a' ghalair.

Le sùil air thoiseach, agus ri linn mar nach eil buidheann riochdachaidh eile ann airson na roinne, chaidh sìneadh a thoirt air ùine BCGT agus chaidh a raon-ùghdarrais ùrachadh. Bidh a' Bhuidheann a' comharrachadh agus a' dèiligeadh ri prìomh dhùbhlain a tha ron ghnìomhachas, agus iad ag obair gus poileasaidhean a stiùireadh is a dhealbhadh, inbhe chruinneil na h-Alba a ghleidheadh mar Shàr Dhùthaich airson tachartasan agus a' cumail sùil air a' phlana gnìomh airson na ro-innleachd seo.

### A' Co-fhreagairt air Ro-innleachdan Eile

Feumaidh sinn obrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ar n-obair a' co-fhreagairt air ro-innleachdan nàiseanta is sgèireil – eadar an eaconamaidh is còmh-dhail agus cultar is coimhearsnachdan – agus sin a' tachairt mar dhòigh-obrach ghnàthach, agus sinn a' faighinn uiread bhuannachdan as urrainnear thar raointean poileasaidh. Feumar obrachadh le sùil ris an ùine air thoiseach agus ann an com-pàirt gus planadh èifeachdach a chur an sàs agus gus na buannachdan as motha as urrainnear fhaighinn. Thathar cuideachd a' moladh gun tèid ro-innleachdan sgèireil/ionadail airson tachartasan a dhealbhadh no ùrachadh.

### Plana Gnìomh Soilleir a Ghabhas Measadh

Gus dèanamh cinnteach gum bi e soilleir dè tha a dhìth agus gu bheil cunntachalachd ann, thathar an dùil gun tèid plana gnìomh mionaideach a dhealbhadh airson na ro-innleachd a bhios a' togail air 'na h-ath cheumannan' air duilleagan 37-40. Thèid sin a dhealbhadh is ullachadh fo stiùir Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan (BCGT) a bhios, còmhla ri luchd-compàirt, a' cur aonta ris a' phlana gnìomha, modhan-measaidh agus a' cumail sùil air adhartas gu cunbhalach.





## Adhartas airson Tachartasan

### 1. Tachartasan In-ghabhalach

Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba mar aon de na dùthchannan as càirdeile san t-saoghal far am faighear ceud mìle fàilte. Bu chòir do ar tachartasan a bhith freagarrach, so-ruigsinn agus sàbhailte airson a h-uile neach-còmhnaidh agus neach-tadhail, agus bu chòir dhaibh fàilte a chur air a h-uile duine, agus iad a' dèanamh follaiseach mar a tha sluagh eadar-mheasgaichte, iomadh seòrsa àite agus dualchas is cultar eugsamhail againn. Tha an ro-innleachd seo a' toirt taic do thaghadh cho farsaing 's as urrainnear de thachartasan, riochdairean, agus luchd-amais gus am faigh a h-uile duine toileachas bho na tachartasan seo a chum am maith fhèin.

Feumaidh daoine a chuireas tachartas air dòigh dèanamh cinnteach gun dèan iad atharraichean reusanta gus leigeil le daoine air a bheil ciorram tlachd a ghabhail ann an tachartasan gun bhacadh ann an Alba agus chan fhaod iad leth-bhreith a dhèanamh air daoine air sàillibh fheartan a tha fo dhìon. Chan eil tachartasan in-ghabhalach dìreach a' ciallachadh a bhith a' cumail ri dleastanasan laghail – 's e a tha dhìth tachartasan far a bheil fàilte air a h-uile duine agus iad nas fheàrr buileach air sàillibh sin. Tha cothroman sònraichte aig tachartasan, mar mheadhan gus daoine a thoirt còmhla, ceanglaichean is deagh-ghean a thogail eadar daoine aig a bheil fearan a tha fo dhìon agus daoine aig nach eil. Tha roinn nan tachartasan airson gum bi eugsamhlachd is in-ghabhalach mar bhunait dhan roinn, agus sinn a' toirt a' chomais do agus a' brosnachadh taghadh cho farsaing 's a ghabhas de dhaoine gus pàirt a ghabhail agus a dhol an sàs ann an tachartasan.

Tha e cuideachd cudromach gum bi luchd-eagrachaidh thachartasan mothachail air agus comasach air taic a thoirt do dh'fheumalachdan slàinte-intinn an luchd-èisteachd, mar eisimpleir, le bhith a' toirt cothrom dhaibh air àiteachan sàmhach aig tachartasan.



Mela Obar Dheathain  
© Ross Johnston Newslime Media

Tha e cuideachd ciallach air adhbharan gnothachais tachartasan in-ghabhalach a chur air dòigh:

- **Bidh daoine a thig gu tachartasan nas toilichte is nas riarichte.** Ma nithear cinnteach gu bheil fàilte air a h-uile duine agus gu bheil iad air an gabhail a-steach, bidh luchd-ceannaich nas toilichte agus nas riarichte.
- **Barrachd teachd-a-steach is tilleadh barrachd dhaoinè.** Ma tha dòighean-obrach in-ghabhalach ann, tha cothrom ann cur ri àireamhan luchd-èisteachd, bidh daoine nas buailtiche tilleadh, agus gheibhear tosgairean a chuidicheas le bhith a' tàladh tuilleadh luchd-èisteachd agus le bhith a' cur ri teachd-a-steach.
- **Co-chonaltradh ri luchd-compàirt is coimhearsnachdan.** Faodaidh tachartasan in-ghabhalach cur ri aonachd na coimhearsnachd agus cuideachadh le bhith a' coileanadh cinn-uidhe is ro-innleachdan farsaing luchd-compàirt poblach is prìobhaideach agus thèid barrachd ionmhais a chur an seilbh agus barrachd co-chonaltraidh a dhèanamh mar thoradh air sin.

## Bacaidhean

Faodaidh grunn rudan bacadh a chur air daoine bho bhith a' gabhail pàirt leithid chosgaisean, comasan-gluasaid, còmhaidh, a' faireachdainn gu bheil iad air am fàgail a-mach no nach eilear a' cur fàilte orra, cion ghoireasan no cion fiosrachaidh mu ionadan no làraich far a bheil na tachartasan gan cumail. Mar sin, tha cothrom ann do luchd-poileasaidh, luchd-maoineachaidh, agus do roinn nan tachartasan eòlas buntainneach a chur gu feum agus taic a thoirt seachad gus an gabh barrachd dhaoinè pàirt ann an tachartasan agus gus cuideachadh le bhith a' toirt choimhearsnachdan còmhla.

## Conaltradh

Tha e riatanach gum bi conaltradh èifeachdach ann agus bu chòir sin a bhith stèidhichte air co-chonaltradh le farsaingeachd de luchd-amais. Bu chòir do thachartasan beachdachadh air an ìomhaigheachd a chleachdas iad ann an stuthan margaidheachd, agus iad a' dèanamh cinnteach gum faic daoine gu bheil iad fhèin air an riochdachadh annta. Tha e glè chudromach gum bi fiosrachadh math ann air prìsean, dòighean siubhail, goireasan an làraich agus so-ruigsinneachd, agus gum bi làraich-lìn, dòighean-conaltraidh didseatach agus stuthan sanasachd eile air an dealbh gus am bi iad so-ruigsinn.

## 2. Ionmhas is Taic

Gus an ro-innleachd seo a choileanadh, 's e a tha a dhìth, amasan àrda, ionmhas, agus taic leantainneach bho na roinnean prìobhaideach is poblach is bhon treas roinn. Cuideachd, feumaidh gach neach is buidheann a bheir ionmhas is goireasan seachad tuigsinn gun tig buannachdan is luach bho na tachartasan.

### Na tha a dhìth a thaobh Ionmhas is Taic: Taic nas fharsainge

#### Stèidhealachd

Le taic is ionmhas cunbhalach do thachartasan bidh a' mhisneachd aig daoine a tha a dhìth gus na h-atharraichean is builean a chithear san ro-innleachd seo a thoirt gu buil. Tha e cudromach bun-mhaoineachadh a ghleidheadh thar iomadh bliadhna. Le taic-ionmhais ro-innleachdail thar ùine fhada bhite a' cur taic ri adhartas le tachartasan, buannachdan nas motha ann an coimhearsnachdan ionadail agus ann an Alba, agus bhite cuideachd a' lùghdachadh neo-thèarainteachd am measg luchd-obrach. Tha e cuideachd cudromach gum bi cùisean riaghlaidh is poilitigeach air stèidh sheasmhach.

#### Tobraichean ionmhaisail eadar-dhealaichte

Tha maoineachadh poblach bho riaghaltas ionadail, nàiseanta agus bho bhuidhnean poblach a' fàs glè ghann. Ged a thathar a' tuigsinn gu bheil modailean gnothachais is ionmhaisail eadar-dhealaichte aig tachartasan, nuair as urrainn dhaibh, bu chòir dhaibh tobraichean maoineachaidh eile a lorg a bharrachd air an fheadhainn a th' aca gus am bi iad air stèidh ionmhaisail sheasmhach. Ged a thathar a' tuigsinn gum faod e bhith uabhasach doirbh maoineachadh a lorg is teachd-a-steach a dhèanamh agus gu bheil tòrr obrach an lùib sin, dh'fhaodadh e a bhith feumail barrachd oidhirpean a dhèanamh gus tobraichean maoineachaidh ùra a lorg – mar eisimpleir feadhainn co-cheangailte ri builean poileasaidh nas fharsainge.



Tweedlove  
© Ian Rutherford

Tha taic de sheòrsaichean eile a dhìth (a thuilleadh air maoineachadh), leithid stiùireadh is ceannas bho bhuidhnean-gnìomh is buidhnean gnìomhachais mar thaic dhan roinn. Tha sin a' gabhail a-steach fiosrachadh ceart, buntainneach a gheibhear ann an deagh àm agus conaltradh. Le co-òrdanachadh is co-obrachadh nas fheàrr eadar luchd-maoineachaidh, luchd-ùidhe agus luchd-eagrachaidh thachartasan dheigheadh na dòighean-obrach com-pàirteach a dhaingneachadh agus bhiodh àrainneachd obrach na bu thaiceil ann. Am measg an t-seòrsa taice nas fharsainge a tha a dhìth tha taic dhan roinn tro chomhairle is goireasan a nì measadh air buaidh nan tachartasan agus taic leis an eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin.

#### Margaidheachd agus sanasachd air Alba mar cheann-uidhe airson tachartasan

A bharrachd air maoineachadh airson nan tachartasan fhèin, tha ionmhas a dhìth cuideachd gus margaidheachd is sanasachd a dhèanamh air Alba mar àite airson tachartasan agus sin a' dèanamh cinnteach gum bi na tachartasan a bhios a' gluasad air feadh na cruinne a' tighinn a dh'Alba. An lùib seo, bithear a' stèidheachadh chothroman is mheadhanan margaidheachd leithid bùird le branndadh aig fèilltean-malairt mòra eadar-nàiseanta, a' gabhail pàirt ann am fòraman malairt cruinneil, iomairtean malairt, tursan fiosrachaidh, a' tadhal air làraich, malairt thall thairis, agus riochdairean PR agus dòighean eile gus co-chonaltradh a dhèanamh ri luchd-compàirt is luchd-ceannaich ùra.

## Na Prìomh Bhuidhnean

Tha grunn bhuidhnean ann ris a bheil e an urra prìomh ionmhas a chur an seilbh, taic a thoirt seachad, agus pàirt cudromach a ghabhail ann a bhith a' cuideachadh le coileanadh na ro-innleachd seo. Tha e riatanach gun obraich na buidhnean sin còmhla ma tha sinn gu bhith soirbheachail. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air dleasan is uallaichean nam buidhnean sin san earrainn Na Prìomh Bhuidhnean ([Eàrr-ràdh 1/D43-44](#)).



### 3. Rogha is Taghadh


Tha an dòigh-obrach le rogha is taghadh mar bhunait do ro-innleachd nàiseanta thachartasan na h-Alba agus 's e modail soirbheachail a th' ann. Tha e a' ciallachadh gum faod taghadh farsaing a bhith ann de thachartasan mòra is beaga, an-asgaidh is le cosgais, cunbhalach no airson aon uair a-mhàin, cultarach, spòrs, gnothachais agus de gach seòrsa eile agus 's urrainnear seòrsaichean a chomharrachadh agus taic a chur riutha air feadh na bliadhna agus na dùthcha. Tha e a' ciallachadh gum bi prògram co-chothromaichte ann agus roinn shoirbheachail a bhios ag obair ann an dòigh chunntachail agus le taic. Mar thoradh air sin, bithear, thar ùine, a' cur ri sgilean is eòlas dhaoine agus chithear iomadach buil is buaidh air feadh na h-Alba, agus na roinne.

San ro-innleachd seo, 's e a th' anns na tachartasan a gheibhear fo bhratach 'rogha is taghadh':

- Tachartasan is fèisean poblach air am faod duine sam bith frithealadh an-asgaidh no le bhith a' pàigheadh airson tiogaid no faodaidh iad coimhead orra air telebhisean no air meadhan didseatach.
- Tachartasan gnothachais do bhuidhnean sònraichte agus air nach eil cothrom aig an t-sluagh choitcheann.

#### Seòrsaichean Tachartais

San fharsaingeachd, tha an dòigh-obrach le rogha is taghadh a' seòrsachadh thachartasan a rèir meud is buaidh gach tachartais, bho thachartasan Ionadail gu Ana-mhòr. Tha na cinn sheòrsachaidh seo mar stiùireadh agus mar sin tha beagan sùbailteachd ann.



#### Tachartasan Ana-mhòr

Seo na tachartasan as motha agus mar as trice tha iad glè shònraichte/cha bhi iad a' tachairt ach aon turas. Tha e gu math cosgail an cur air dòigh agus dh'fhaodadh gum biodh deagh chuid maoineachaidh phoblaich a bharrachd a dhìth. Thathar an dùil gum bi suas ri 100,000 de luchd-amhairc/luchd-èisteachd an làthair aig leithid a thachartasan, gun tèid an craoladh air feadh an t-saoghail, gun cuir iad taic ri leasachaidhean sa ghnìomhachas, agus gun cuidich iad le bhith a' coileanadh phrìomh bhuilean nàiseanta na h-Alba. Mar as trice, bidh oidhirpean mòra a dhìth a thaobh thairgsean agus dh'fhaodadh gum bi taic mhòr bhon roinn phoblaich a dhìth. Tha e buailteach gur ann iomadh-fhillte a bhios an obair a bhios a dhìth gus an cur air dòigh agus gum bi feum air taic cho-aonaichte airson sin.

#### Tachartasan Eadar-nàiseanta

Bidh na tachartasan mòra seo, a bhios a' gluasad eadar diofar dhùthchannan no a tha stèidhichte ann an Alba, a' cruthachadh bhuannachdan eadar-nàiseanta do dh'Alba leithid feadhainn eaconamach agus a' cur ri cliù na h-Alba sna meadhanan, agus gheibhear buannachdan sòisealta cudromach. Dh'fhaodadh gum bi pròiseas thairgsean mar phàirt dhiubh. Bhite an dùil gum biodh tachartasan cultarach is spòrs eadar-nàiseanta a' tarraing co-dhiù 20,000 neach-frithealaidh agus gun tigeadh suas ri 10,000 neach gu tachartasan gnothachais, agus bhiodh cuid mhath dhiubh sin nan luchd-tadhail a bhiodh air tighinn a dh'Alba.

#### Tachartasan Nàiseanta / Roinneil

Seo tachartasan mòra no meadhanach mòra às an tig buannachdan eaconamach agus a chuireas ri cliù eaconamaidhean roinneil agus às an tig buannachdan sòisealta. Thathar an dùil gum bi co-dhiù 5,000 neach an làthair, a rèir càite a bheil iad.

#### Tachartasan Ionadail is Coimhearsnachd

Seo tachartasan nas lugha, a tha mar as trice air an stiùireadh gu h-ionadail no leis a' choimhearsnachd, às an tig buannachdan coimhearsnachd is sòisealta cudromach.

#### Tachartasan Suaicheanta

Faodaidh iad seo a bhith fo cheann sam bith sa phioramaid. Tha cliù eadar-nàiseanta/nàiseanta aca, tha iad mar phàirt de ar bun-aithne chultarach no spòrs agus gu dlùth cheangailte ri Àiteachan.

Gabhaidh gach seòrsa tachartais gu h-àrd cuideachd a chur fo cheann farsaing:



#### Cinn airson Tachartasan

Tachartasan Bliadhnaile	Tachartasan Cunbhalach	Tachartasan Fa Leth
Tachraidh iad gach bliadhna, aig an aon àm, gu maireannach.	Tachraidh iad san aon àite gach dà bhliadhna, ceithir bliadhna, no aig amannan eadar-dhealaichte	Gu tric thèid tairgse a chur a-steach agus thèid an cumail dìreach aon turas
A' Gleidheadh is A' Leasachadh		A' Tairgse is A' Soirbheachadh
Rannsachadh, Com-pàirteachas, Measadh		

#### Gach pàirt dhen roinn a' gabhail pàirt

Tha ar roinn a' gabhail a-steach farsaingeachd de bhuidhnean a tha a' cur taghadh glè mhòr de thachartasan air dòigh. Tha an dòigh-obrach le rogha is taghadh a' cuideachadh a h-uile duine gus soirbheachadh eadar-brandaichean mòra, luchd-ceannaich eadar-nàiseanta, agus luchd-eagrachaidh thachartasan coimeirsealta agus sgiobaidhean thachartasan aig ùghdarrasan ionadail, buidhnean nàiseanta, buidhnean-carthannais agus buidhnean saor-thoileach.

Tha rogha is taghadh de thachartasan a' cuideachadh le bhith:

- A' cumail suas agus a' leasachadh prògram farsaing, co-chothromaichte às an tig buannachdan mòra is maireannach.
- A' cur taic ri co-ionannachd, eugsamhlachd, agus inghabhail am measg luchd-èisteachd is luchd-obrach tro bhith a' cur taghadh de thachartasan air dòigh sa bheil diofar chuibhreannan dhen t-sluagh, agus daoine le feartan a tha fo dhìon, a' dol an sàs agus a bhios a' tabhann measgachadh de chothroman gus pàirt a ghabhail annta, no obair no obair shaor-thoileach a dhèanamh nan lùib.

A' cur air dòigh taghadh cothromach de thachartasan de mhead is seòrsa eadar-dhealaichte, leithid tachartasan com-pàirt a bhios a' brosnachadh gnìomhachd chorporra agus dhaoine gu bhith a' dol an sàs ann an agus a' dèanamh rudan cultarach.

A' dèanamh cinnteach gun tèid na tachartasan a chumail ann an diofar àiteachan agus aig diofar amannan dhen bhliadhna feuch am faighear buannachdan air feadh na bliadhna agus na dùthcha.

A' brosnachadh is a' cur taic ri ùr-ghnàthachadh is tionnsgalachd air feadh na roinne.

#### Com-pàirteachasan Tairgse

Tha com-pàirteachasan glè chudromach airson a bhith a' comharrachadh, a' tairgse airson, agus a' gleidheadh thachartasan. Bidh EventScotland a' co-òrdanachadh chùisean san roinn phoblaich a thaobh thairgsean agus bidh sinn ag obair gu dlùth còmhla ri ùghdarrasan ionadail, agus sinn a' gabhail ealla ris na neartan is stòrasan eadar-dhealaichte aca. Nuair a bhios taic bho Riaghaltas na h-Alba a dhìth airson tachartasan ana-mhòr, bruidhnidh EventScotland ri Riaghaltas na h-Alba aig toiseach chùisean gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh a dhèanamh air an taic-mhaoineachaidh a bhios a dhìth mu choinneimh phrìomhachasan Riaghaltas na h-Alba.



## 4. A' Measadh, a' Sgrùdadh agus ag Aithris air Builean

Chithear ann an Duilleagan 37-40 fios air mar thèid measadh is sgrùdadh a dhèanamh air adhartas leis an ro-innleachd gu lèir. Cuideachd, bidh e riatanach do mar a shoirbhicheas dhan roinn gun tèid measadh is aithris a dhèanamh air buaidh thachartasan fa leth, agus le bhith a' dèanamh sin bithear a' dearbhadh gum bu chòir tuilleadh maoineachaidh is ionmhais a chosg orra. Bu chòir beachdachadh air dàta uimhireil agus càileachdail a chruinneachadh air buaidh is buannachdan nan tachartasan – le sin nithear cinnteach gun urrainnear dealbh iomlan a thoirt seachad air buaidh na roinne air diofar luchd-amais.

Tha tòrr luchd-ùidhe aig tachartasan, le diofar amasan is chom-pàirtean leithid luchd-seilbh thachartasan, luchd-urrasachd, Ùghdarrasan Ionadail, agus buidhnean-leasachaidh. Mar a tha [Comann Eadar-nàiseanta Luchd-aoigheachd nan Tachartasan \(CELT\)](#) ag ràdh;

*Ged a bhios amasan fa leth aig gach buidheann, tha e chum maith a h-uile duine an luach as fheàrr fhaighinn bhon tachartas ris a bheil iad uile a' cur taic. Mar sin, feumar dàta a cho-phàirteachadh, a dhearbhas na buannachdan a thàinig bhon tachartas, ann an dòigh a ghabhas cleachdadh le diofar bhuidhnean, le bhith a' cleachdadh briathrachas a thuigeas gach buidheann.*

Tha seo a' dearbhadh cho cudromach 's a tha e comhairle is stiùireadh cunbhalach a thoirt dhan roinn. Tha EventScotland a' cuideachadh mu thràth le bhith a' stèidheachadh shàr dhòighean-obrach airson measadh is aithrisean air tachartasan tro bhith nar ball de CELT agus tron stiùireadh aca [Slatan-tomhais airson Buidh Thachartasan](#). Aig ìre na RA, tha sinn nar luchd-compàirt airson a' ghoireis [eventIMFACTS](#) a thathar an dùil ùrachadh ann an 2024.

### A' toirt piseach air eòlas is goireasan-aithris

Thathar air tòrr deagh obrach a dhèanamh ann an Alba mu thràth a thaobh a bhith ag aithris air builean eaconamach agus naidheachdan sna meadhanan. Cuideachd, tha eisimpleirean matha ann de mar a rinneadh aithris air builean, ìomhaigh agus bun-aithne aig ìre shòisealta agus na coimhearsnachd agus air a' bhuidhean air an àrainneachd, ach thathar a' gabhail ris gu bheil an roinn feumach air tuilleadh stiùiridh is taice a thaobh seo.

Bithear a' cur prìomh bhuidean na ro-innleachd seo mu choinneimh raointean-buidhe a th' ann mu thràth sa ghoireas aig eventIMFACTS, agus thèid dòighean-obrach cunbhalach a stèidheachadh gus

tachartasan a chuideachadh le bhith a' toirt aithrisean seachad mu choinneimh nam builean againn airson na h-eaconamaidh, coimhearsnachdan, an àrainneachd, luchd-obrach, cliù is ìomhaigh.

Tha modhan-obrach stèidhichte gu h-eadar-nàiseanta ann gus sgrùdaidhean-buidhe eaconamach a dhèanamh a chithear sa ghoireas eventIMFACTS, agus tha àireamhair air-loidhne na chois airson a chleachdadh. Bu chòir do dhaoine cumail orra leis na modhan-obrach sin. A thaobh raointean eile far am faicear buaidh, thathar ag obair air a' ghoireas eventIMFACTS gus innealan ùra, nas sìmplidh is stiùireadh a bharantachadh, a' gabhail a-steach ghoireasan aithris airson na h-àrainneachd is chùisean sòisealta. Tha e na amas gum bi eventIMFACTS na prìomh ghoireas airson tachartasan spòrs, cultarach agus gnothachais feuch an gabh coimeas a dhèanamh eadar tachartasan de mhead is seòrsa eadar-dhealaichte. Nithear an obair seo ann an 2024 agus gabhaidh feum a dhèanamh dhith gus a' chomhairle is stiùireadh cunbhalach a thoirt seachad a tha a dhìth air an roinn.

Thèid beachdachadh air mar a ghabhas leudachadh air an stiùireadh sa ghoireas eventIMFACTS gus am bi prògram foghlaim sònraichte ann airson roinn thachartasan na h-Alba, agus gus ealla a ghabhail ris mar a tha measgachadh mòr de thachartasan gan cumail ann an Alba. Le bhith a' toirt seachad stiùireadh is goireasan cunbhalach, agus cothroman gus eisimpleirean de thachartasan fhoillseachadh, thig piseach air an eòlas a th' aig daoine san roinn.

### Measadh air builean thar ùine fhada

Faodaidh tachartasan cunbhalach a bhios a' cruinneachadh fiosrachadh gach bliadhna cuideachadh le bhith a' measadh adhartas leis an ro-innleachd seo. Bu chòir cuideachd tachartasan fa leth, a thachras aon turas, a bhrosnachadh gu bhith a' cur ri rannsachadh thar-ùine mar seo.



Fèis Shamhna Phàislig  
© Dylan Glynn



### The opportunity...

- Only 40% of households whose net annual income was up to £10,000 had one or more cars available for private use, compared with at least 85% of households whose annual net income were above £25,000\*.
- The number of young people learning to drive and owning cars is falling for the first time, as making short journeys in cities becomes increasingly difficult.
- Businesses increasingly looking to base themselves in liveable cities in order to attract high-skilled, aspirational workers.

\*transport.gov.scot

## Adhartas airson a' Ghnìomhachais

### 1. A' Tàladh, a' Gleidheadh is a' Cruthachadh Taghadh Farsaing de Dhaoine Tàlantach

Ma tha modhan-obrach cunntachail ann air feadh gnìomhachas nan tachartasan a thaobh cosnadh is obair shaor-thoileach, tha sin a' cur taic ris an lèirsinn gun dèan an eaconamaidh feum do math dhaoine agus gum bi sinn nar prìomh dhùthaich a thaobh Obair Chothromach. Tha ar daoine glè phrìseil agus aig cridhe gach tachartais a th' againn, agus iad a' cuideachadh le bhith gan cur air dòigh agus a' faighinn bhuannachdan bhuapa nuair a tha iad soirbheachail. Feumar aithne a thoirt do, luach a chur ann, agus taic a chur ri eòlas, sgilean, is comasan dhaoine air feadh na roinne agus ar coimhearsnachdan gus tachartasan soirbheachail, ùr-ghnàthach a dhealbhadh is a chumail.

Tha an ro-innleachd seo a' moladh gnìomhan adhartach san ùine air thoiseach gus luchd-proifeiseanta is luchd-obrach shaor-thoileach fhastadh is a ghleidheadh agus gus na sgilean aca a leasachadh airson tachartasan ann an Alba. Ri linn a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19, agus às dèidh do mar a stad an gnìomhachas rè seala, dh'fhàg tòrr luchd-proifeiseanta sgìleil is fiosrach an roinn. Thug e an aon seòrsa buaidhe air an uiread de luchd-obrach shaor-thoileach a th' ann. Tha e a-nis na phrìomhachas ro-innleachdail misneachd a thogail as ùr agus cothroman a chruthachadh do sgioba-obrach ùr airson tachartasan na h-Alba.

Thathar a' coimhead air luchd-obrach shaor-thoileach nan tachartasan ann an Alba mar aon de na prìomh bhunaitean a tha dhìth airson Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan. Tha e cudromach gum bi brìgh is tlachd ann an obair nan daoine shaor-thoileach, agus gu bheil a' tuigsinn agus a' gabhail ealla ris an diofar eadar cosnadh le pàigheadh agus obair shaor-thoileach, mar a chithear ann an Cairt nan Saor-thoileach. Tha iomadh adhbhar aig daoine airson obair shaor-thoileach a dhèanamh aig tachartas, leithid a' cur taic ris a' choimhearsnachd ionadail aca agus sgilean is eòlas a chosnadh a dh'fhaodadh an cuideachadh le bhith a' faighinn obair sa ghnìomhachas san àm ri teachd.



Bliadhna nan Sgeulachdan 2022  
© Chris Watt



Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann  
© Kenny Lam/VisitScotland



Fèis Bhelladrum  
© Iona Spence/VisitScotland

Ma tha slighean foghlaim in-ghabhalach ann gus tòiseachadh air obair san roinn agus cumhachan cosnaidh in-ghabhalach dhan fheadhainn a tha ag obair mu thràth an lùib thachartasan, cuidichidh sin le bhith a' stèidheachadh gnìomhachas farpaiseach is tarraingeach, agus bidh barrachd dhaoine ann a dh'fhaodadh obrachadh san roinn.

Fhad 's a tha Alba a' gabhail ealla ris na h-ath-sgrùdaidhean ann an 2023 air [teisteanasan](#) agus [sgilean](#), tha cothrom aig luchd-fastaidh thachartasan agus roinn an fhoghlaim obrachadh còmhla agus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air slighean soilleir do dhaoine gu dreuchdan ùra agus gus adhartas a dhèanamh leis an dreuchd a th' aca mu thràth ann an roinn nan tachartasan.

Tha co-obrachadh taiceil is com-pàirteachas co-òrdanaichte riatanach dhan roinn, a' gabhail a-steach fastaichean, riochdairean luchd-obrach, luchd-solair Foghlam Adhartach is Àrd-ìre, buidhnean saor-thoileach, buidhnean nàiseanta, agus Riaghaltas na h-Alba. Tha àite fìor chudromach aca uile ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil sàr luchd-obrach ann an roinn thachartasan na h-Alba.

#### Am measg na tha a dhìth tha:

- Modhan-cosnaidh cunntachail ([Obair Chothromach](#)) agus [taic shaor-thoileach](#) air am moladh mar an àbhaist air feadh na roinne.
- Slighean soilleir, in-ghabhalach, agus so-ruigsinn a-steach dhan roinn.
- Tuigse mhath air an liuthad dhreuchdan, sgilean agus an iomadh seòrsa tachartais is eòlais a gheibhear air feadh na roinne.
- A' cur cuideam air cothroman gus leasachaidhean is adhartas a chur an sàs san roinn.
- A' dèanamh taisbeanadh air agus gairdeachas ris na cothroman a th' ann do dhaoine gus pàirt soirbheachail is tlachdmhor a gabhail thar ùine fhada ann an gnìomhachas aig a bheil cliù eadar-nàiseanta agus aithne airson mar a tha e a' cur ri math sòisealta, cultarach is eaconamach na h-Alba.
- A' comharrachadh agus a' dèiligeadh ri bacaidhean sam bith san roinn a tha a' cur stad air daoine, nach eil air an riochdachadh gun ìre a bhite an dùil, bho bhith a' gabhail chothroman cosnaidh is saor-thoileach, me, pròiseasan fastaidh a tha gun fhiosa a' dèanamh leth-bhreith air cuid a dhaoine.

## 2. Sàr Phlanadh is Coileanadh

Fon ro-innleachd seo, thathar ag amas air an roinn a neartachadh is a leasachadh gus dèiligeadh ris na dùbhlain agus na cothroman a dh'èireas bho àrainneachd obrach a tha ag atharrachadh agus gus cumail oirnn a' gleidheadh luach an airgid airson Alba.

Tha an luchd-compàirt uile ag aontachadh gum feum tachartasan a bhith sàbhailte, stèidhichte air modhan-obrach cunntachail, agus gum feum iad a bhith tlachdmhor dhan a h-uile duine. Tha nithean leithid a' cumail rian air slugh no a' tairgse sheirbheisean airson math dhaoine riatanach airson sàbhailteachd is cofhurtachd an luchd-fhrithéalaidh. Rì linn nan dleastanasan fìor chudromach aca, tha e riatanach gun dèanar co-chonaltradh ri Ùghdarrasan Ionadail, Poileas Alba agus Còmh-dhail Alba airson sàr phlanadh is coileanadh. Aig ìre ionadail, faodaidh ro-innleachdan airson sàbhailteachd is math choimhearsnachdan, agus ro-innleachdan tachartais is pròiseasan planaidh a bhith gu math feumail nuair a thathar a' conaltradh ri, agus a' togail aire, choimhearsnachdan ionadail agus dhaoine a bhios an làthair aig tachartasan.

'S e roinn adhartach a th' ann an roinn nan tachartasan a tha a' sìor atharrachadh. Tha e riatanach gum bi tuigse mhath aig a' ghnìomhachas air riaghailtean is poileasaidhean airson tachartasan ann an Alba, tha e riatanach cuideachd gun tèid deagh mhodhan-obrach a cho-phàirteachadh am measg luchd-riaghlaidh, luchd-

compàirt thachartasan agus luchd-ùidhe a bhios a' cur thachartasan air dòigh. Tha co-chonaltradh leis a' ghnìomhachas glè chudromach gus dèanamh cinnteach gun tèid poileasaidhean is riaghailtean a dhealbh a tha freagarrach agus iomchaidh airson an adhbhair a chaidh an dealbh.

Ma tha soirbheachas gu bhith ann, tha e cuideachd cudromach gum bi cothroman ann dhaibhsan a tha ag obair san roinn ionnsachadh bho shàr mhodhan-obrach, gluasadan sa ghnìomhachas, ùr-ghnàthachadh, agus bho cho-obraichean sa ghnìomhachas ann an Alba agus thall thairis. Tha an ro-innleachd seo a' gabhail ealla ris mar a tha ionnsachadh is leasachadh leantainneach a dhìth san roinn. Tha e na phrìomhachas ro-innleachdail prògram de chothroman leasachaidh so-ruigsinn is co-òrdanaichte a chruthachadh is a chur air adhart airson na roinne. An lùib sin bu chòir na leanas a bhith ann: a' cosg ionmhas air goireasan stiùiridh freagarrach, leithid ghoireasan-taice agus eisimpleirean de chothroman, cothroman air taic spèisealta, comhairle is rannsachadh, agus a' cruthachadh chothroman airson co-chonaltraidh taiceil agus deagh mhodhan-obrach a cho-phàirteachadh.



Goireasan-uisge aig an 150mh Farpais Fhosgailte  
© The R&A



Fèis Leabhraichean nan Crìochan  
© Ian Rutherford/VisitScotland



Vision Mechanics STORM

### 3. Tachartasan Cunntachail

Ma tha roinn nan tachartasan chunntachail gu bhith ann, tha co-obrachadh a dhìth airson dèanamh cinnteach gun lùghdaich tachartasan droch bhuaidh sam bith agus gum faigh a h-uile duine làn-bhuannachd asta leithid nan coimhearsnachdan far a bheil na tachartasan, na daoine a thig dhan tachartas, com-pàirtichean, an luchd-obrach, agus luchd-eagrachaidh.

A' togail air a' mhìneachadh aig VisitScotland airson turasachd chunntachail, tha an ro-innleachd a' mìneachadh tachartas cunntachail mar a leanas:

- A' cur thachartasan air dòigh a tha seasmhach a thaobh na h-àrainneachd agus a' toirt taic do dh'eadar-ghluasad na h-Alba gu cothromachadh-carboin.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan in-ghabhalach is sàbhailte.
- A' dèanamh cinnteach gun cuir tachartasan taic ri coimhearsnachdan soirbheachail.
- A' cuideachadh dhaoine gus dìon a chur air agus tlachd a ghabhail gu cùramach de dhualchas nàdair is cultarach na h-Alba

#### A' cur thachartasan air dòigh a tha seasmhach a thaobh na h-àrainneachd agus a' toirt taic do dh'eadar-ghluasad na h-Alba gu cothromachadh-carboin

Tha reachdas na h-Alba airson atharrachadh na gnàth-shìde a' stèidheachadh ceann-latha airson cothromachadh sgaoilidhean airson gach seòrsa gas teas-dhìonach ro 2045 (tha Comhairle Baile Ghlaschu is Comhairle Baile Dhùn Èideann air 2030 a stèidheachadh mar thargaid). Gus sin a choileanadh, tha feum air cruth-atharrachadh luath thar gach roinn dhen eaconamaidh agus dhen chomann-shòisealta againn. Ged a tha eisimpleirean fìor mhath de thachartasan a chaidh a chur air dòigh gu cùramach a thaobh na h-àrainneachd, thathar ag aideachadh gu bheil slighe fhada ron roinn fhathast gu Cothromachadh-carboin a chur an sàs.

Tha grunn dhùbhlann practaigeach ro roinn nan tachartasan, agus cha bheag an dùbhlann le còmh-dhail, an nì as motha a tha ag adhbharachadh ghasaichean teas-dhìonach ann an Alba. Ann an [ro-innleachd nàiseanta na còmh-dhail](#) thathar a' tuigsinn gum feum siostam còmh-dhail le cothromachadh-carboin a bhith ann a tha a' tabhann chothroman còmh-dhail aig prìs reusanta agus air a bheil cothrom aig a h-uile duine, anns gach pàirt de dh'Alba. Mar an ceudna, tha tachartasan feumach air seirbheisean còmh-dhail poblach nas fheàrr, agus cothroman air siubhal gnìomhach is siubhal 'còmhla', gus taic a chumail ris an taghadh de thachartasan, gu h-àraidh ann an sgìrean dùthchail. Chan fhaighear a h-uile fuasgladh sa bhad agus tha cothroman ann do luchd-solair thachartasan is còmh-dhail tighinn còmhla gus obrachadh còmhla is fuasglaidhean innleachdach a lorg.

'S e a bhith a' measadh is a' cruinneachadh dàta a' chiad cheum gus sgaoilidhean a lùghdachadh. Le bhith a' tomhas sgaoilidhean bho chumhachd is goireasan, còmh-dhail, is sgudal is ana-caitheamh, 's urrainn do thachartasan gnìomhan a chomharrachadh gus dèiligeadh riutha agus gus an lùghdachadh. Sa cho-chomhairleachadh airson na ro-innleachd seo, chaidh a ràdh gu bheil an roinn feumach air comhairle is goireasan nas co-òrdanaichte gus seasmhachd a ruighinn airson na h-àrainneachd agus gus aithris air sin.

Mar a tha fios, tha barrachd a dhìth na dìreach a bhith a' lùghdachadh sgaoilidhean ma tha tachartasan gu bhith cunntachail a thaobh na h-àrainneachd.

Faodaidh an roinn cuideachadh le bhith a' brosnachadh dhaoine a thig gu tachartasan gu bhith gan giùlan fhèin gu gnàthach ann an dòigh nas seasmhaiche ma tha an roinn fhèin a' gabhail ealla ri seasmhachd sna co-dhùnaidhean a nì iad. Mar eisimpleir, le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean siubhail seasmhach ann far a bheil an tachartas agus a' gabhail cheumnan gus lùghdachadh a thoirt air na chosgar de chumhachd agus air ana-caitheamh. Tha e a' dèanamh ciall air adhbharan gnothachais dìon a chur air ar n-àrainneachd is dualchas nàdair.

Faodaidh sin cuideachadh le bhith a' lùghdachadh chosgaisean, a' cur ri cliù gnothachasan, a' lùghdachadh buaireadh is droch bhuaidh sam bith sa choimhearsnachd ionadail, a' moladh atharraichean seasmhach air dòighean-giùlain, a' cur ri comasan-farpaise, a' coileanadh riatanasan an luchd-mhaoineachaidh, agus a' stèidheachadh thachartasan nas tlachdmhoire do dhaoine.

#### A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan in-ghabhalach is sàbhailte

Thathar a' bruidhinn air cho cudromach 's a tha e gum bi tachartasan in-ghabhalach air [D16-17](#). Thathar a' bruidhinn air mar a tha e na dhleastanas bunaiteach, aig ìre obrach, dèanamh cinnteach gun tèid tachartasan a chumail gu sàbhailte is gu cùramach air [D26](#).

#### A' dèanamh cinnteach gun cuir tachartasan taic ri coimhearsnachdan soirbheachail.

'S urrainn do thachartasan coimhearsnachdan a thoirt còmhla, piseach a thoirt air slàinte chorpóra, inntinn, shòisealta agus math dhaoine, agus air aonachd na coimhearsnachd, agus air a' mhòit a th' aig daoine à àite agus 's urrainn dhaibh buaidh mhath a thoirt air an eaconamaidh.

Gus seo uile a thoirt gu buil, feumaidh tachartasan co-chonaltradh brìoghmhor a dhèanamh ri

coimhearsnachdan nuair a tha iad a' dealbh an tachartais agus ga chur air dòigh gus am bi làn chom-pàirt aig a' choimhearsnachd ann agus gus an toir iad taic dha. Am measg nan nithean cudromach a gheibhear an lùib sin tha co-chomhairleachadh leis a' choimhearsnachd, conaltradh, co-dhealbhadh, agus co-chonaltradh cunbhalach. Tha tòrr deagh obrach ga dèanamh a thaobh seo agus tha cothrom ann dhuinn a bhith nas fheàrr air na deagh dhòighean-obrach sin a cho-phàirteachadh air feadh na roinne.

Tha a' gabhail pàirt agus co-chruthachadh cuideachd fìor chudromach airson eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine – far am bi Alba a' gluasad gu siostam eaconamach, ann an dòigh a tha sàbhailte dhan àrainneachd, a bhios a' frithealadh air agus a' cur prìomhachas air math dhaoine san latha an-diugh agus san àm ri teachd. Mar sin, tha e cudromach gum bi coimhearsnachdan is ùghdarrasan ionadail a' stiùireadh a' phlanaidh airson tachartasan aig ìre ro-innleachdail agus gun tèid am planadh sin fhighe a-steach do phoileasaidhean is planaichean eaconamach ionadail airson na h-ùine fada.

#### A' cuideachadh dhaoine gus dìon a chur air agus tlachd a ghabhail gu cùramach de dhualchas nàdair is cultarach na h-Alba

A thuilleadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid tachartasan a chumail ann an dòigh sheasmhach, tha dleastanasan cudromach aig tachartasan is fèisean gus daoine a bhrosnachadh gus dìon a chur air agus tlachd a ghabhail gu cùramach de dhualchas nàdair is cultarach san fharsaingeachd. 'S urrainn dhaibh ruighinn air àireamh nach beag de dhiofar luchd-amais, agus iad mar mheadhan air còmhraidhean agus ionnsachadh. Faodaidh seo cuideachadh le bhith ag atharrachadh dhòighean-giùlain agus a' brosnachadh dhaoine gus gnìomhan taiceil a dhèanamh gus ar dualchas a dhìon is a ghleidheadh airson an ama ri teachd.



# Adhartas airson Alba

## 1. Bun-structair is Seirbheisean

Tha e fìor chudromach dhan ro-innleachd seo gun tèid ionmhas a chosg, agus leasachadh a dhèanamh, air bun-structair nàiseanta is roinneil na h-Alba, an dà chuid am bun-structair fiosaigeach agus sòisealta.

Thathar a' toirt iomradh air ar [goireasan togte](#) san ro-innleachd seo mar aon de na prìomh neartan a th' aig Alba: [Sàr Dhùthaich nan Tachartasan](#). Tha e riatanach ma tha sinn gu bhith soirbheachail, gun tèid iad fhèin agus na seirbheisean taice aca a ghleidheadh agus gun tèid ionmhas a chosg orra.

Le ionmhas agus prìomhachasan leasachaidh airson bun-structair, mar as àbhaist tha feum air planadh is gealltanasan ionmhasail thar ùine fhada. Mar sin, feumaidh roinn nan tachartasan pàirt a ghabhail gu gnìomhach ann am planadh ionadail, roinneil agus nàiseanta airson leasachaidhean, gus molaidhean a thoirt seachad airson agus buaidh a thoirt air prìomhachasan san àm ri teachd, agus gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aithne do is a' cur luach anns na nì an roinn gus builean roinneil is nàiseanta a choileanadh. Mar eisimpleir, tha cothrom ann pàirt nas follaisiche a ghabhail ann an obair [nan Com-pàirteachasan Eaconamach Roinneil](#) a bhios a' toirt luchd-ùidhe roinneil còmhla, gus stòrasan a chur gu feum ann an dòigh aonaichte, eòlas a cho-phàirteachadh, agus planaichean ùra a chomharrachadh a chuireas taic ri fàs eaconamach, in-ghabhalach. Airson tachartasan, faodaidh seo cuideachadh le planadh ioma-bhliadhna agus gealltanasan ionmhasail airson '[tachartasan suaicheanta](#)' a thèid a chomharrachadh, agus le leasachaidhean bun-structair a chuidicheas roinn nan tachartasan san fharsaingeachd.

'S iomadh nì a bheir buaidh gu dìreach no gu neo-dhìreach air mar as urrainn do roinn nan tachartasan soirbheachadh, agus sin carson a tha conaltradh, co-obrachadh agus com-pàirteachas glè bhuadhach a dhìth. Tha saoghal-obrach nan tachartasan iomadh-fhillte, a' sìor atharrachadh, agus chan eil tuigse ro mhath againn air. Feumaidh an roinn a bhith comasach air luchd-co-dhùnaidh a chomharrachadh, co-chonaltradh a dhèanamh riutha, comhairle a thoirt dhaibh agus buaidh a thoirt orra gus dèanamh cinnteach gun tèid làn-ealla a ghabhail ris a' bhuidhe a th' aig tachartasan agus na cothroman a thig nan lùib. Tha iad seo a' gabhail a-steach luchd-solair còmhaidhail, luchd-solair àiteachan-fuirich, luchd-solair teicneòlais is cheanglaichean, luchd-solair ghoireasan, na seirbheisean èiginn, luchd-riaghlaidh is luchd-poileasaidh, agus iomadh duine eile.

## 2. Cliù is Ìomhaigh

Bidh tachartasan a' toirt tòrr tlachd do dhaoine agus a' dèanamh taisbeanadh air Alba, ar luachan, agus ar stòrasan do dhaoine bho air feadh an t-saoghail, agus sin a' cuideachadh le bhith a' tàladh dhaoine gus tighinn a dh'fhuireach is a dh'obair, a dh'ionnsachadh, air turas agus a dhèanamh gnothachas an seo. Tha iad a' neartachadh inbhe na h-Alba mar shàr cheann-uidhe airson luchd-turais, agus a' cur ri cliù ar bailtean-mòra agus coimhearsnachdan gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, agus tha iad a' cur ris a' mhoit is a' mhisneachd a th' againn mar dhùthaich. Tha iad cuideachd a' cur ris an ìomhaigh a th' aig diofar roinnean eaconamach is sgìrean, agus a' cur taic mhòr ri turasachd agus eaconamaidhean ionadail air feadh Alba.

A thuilleadh air sin, feumaidh tachartasan mòra a bhith mar mheadhan do dh'Alba gus 'ar luachan a thaisbeanadh dhan t-saoghal mhòr'. Faodaidh iad a bhith mar aon de na meadhanan as cumhachdaiche a th' againn gus ar brannd nàiseanta a shanasachd – cothrom sgeulachd aonaichte na dùthcha a chur an cèill agus ìomhaigheachd chunbhalach is bhuadmhor a shealltainn airson ar brannd, agus sin a' cur ri bhith a' coileanadh ar ro-innleachd airson brannd nàiseanta mar a chithear sa [Chom-pàirteachas airson Brannd na h-Alba](#).

Tha ainm air leth sònraichte aig Alba airson càileachd is meud ar tachartasan agus ar sàr chomasan gus an cur air dòigh, bho thachartasan mòra spòrs a thàirneas luchd-amhairc bho air feadh na cruinne gu ar fèisean cultarach bliadhnail a tha a' còrdadh cho mòr ri daoine. Leis na comasan dearbhte a th' againn airson a bhith a' cur thachartasan gnothachais air dòigh cuideachd, bu chòir gum bi tuilleadh chothroman an seo do dh'èolaichean na cruinne tighinn còmhla gus adhartas a dhèanamh le cùisean a tha cudromach aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Tha Alba air a faicinn mar dhùthaich glè chomasach aig a bheil tòrr eòlais air tachartasan ri linn na h-àrainneachd gnìomhachais shònraichte a th' againn le buidhnean poblach is companaidhean prìobhaideach aig a bheil dòighean-obrach com-pàirteach. Tha sin a' ciallachadh gu bheil sinn am measg nan dùthchannan as tarraingiche do chaidreachasan is luchd-chòraichean eadar-nàiseanta airson nan tachartasan aca.

Tha tachartasan cudromach do chliù na h-Alba oir 's urrainn dhaibh:

- cur ri seasamh is ìomhaigh na h-Alba san t-saoghal.
- taic a chur ri eaconamaidhean an luchd-tadhail.
- poileasaidhean riaghaltais a choileanadh.
- taic a chur ri dioplòmasachd, mar mheadhan do dhaoine air buaidh a thoirt air cùisean is mar mheadhan air cumhachd 'mhaoth'.
- taisbeanadh a dhèanamh air dùthaich, baile-mòr, no sgìre ann am prìomh roinnean gnìomhachais.
- gàirdeachas a dhèanamh ri ar dealas, cruthachalachd agus soirbheachas.
- sanasachd a dhèanamh air Alba mar àite airson a bhith a' fuireach is ag obair, ag ionnsachadh, airson turas agus a bhith ri gnothachas.
- taic a chur ri obraichean agus feadhainn ùra a chruthachadh.
- daoine le eòlas eadar-nàiseanta a thoirt a-steach gu coimhearsnachd is cliù a chosnadh do choimhearsnachd.
- ionmhas ùr is daoine tàlantach a thàladh.
- cur ri foghlam, ùr-ghnàthachadh, agus co-phàirteachadh eòlais.



## “Tha Alba am measg nan dùthchannan as fheàrr air tachartasan mòra a chumail.”

(dh'aontaich 75% de luchd-freagairt ri sin – suirbhidh aig Co-labhairt Eadar-nàiseanta nam Bailtean-mòra Aoiigeachd 2023)

“Cha robh riamh uiread de dh'fharpais ann 's a gheibhear san t-saoghal an-diugh eadar dùthchannan is bailtean-mòra a tha a' cur a-staigh airson a' chothruim Tachartasan Mòra a chumail. 'S e an dùbhlann a th' ann dhan fheadhainn a tha airson na buannachdan eaconamach is sòisealta a thig bho na tachartasan luachmhor seo fhaighinn gum feum iad a bhith nan luchd-compàirt earbsach, cunbhalach agus seasmhach airson an Luchd-chòraichean aig gach ìre dhen phròiseas – bhon a' chiad cheum gun àm gus an tachartas a chumail. Tha Alba air sàr dhòighean-obrach a nochdadh dhan t-saoghal mhòr ann an raon iomadh-fhillte is farpaiseach nan tachartasan. Airson an fhirinn innse, tha farmad mòr aig dùthchannan eile ris mar a tha miann ro shoilleir gus soirbheachadh air cùl dhòighean-obrach ro-innleachdail na h-Alba agus am miann sin mar reul-iùil dhaibh ann an saoghal nan tachartasan.”

**Brendan McClements,**  
Àrd-oifigear, Visit Victoria, Melbourne, Astràilia

“Bha Alba fìor mhath mar àite airson na n-EMAs aig MTV a chumail ann an 2014 – tha eachdraidh shònraichte agaibh, ionadan air leth agus, gu cudromach dhuinne mar ghnothachas dibhearsain cruinneil, tha sibh aithnichte mar dhùthaich am measg ar luchd-amais air feadh an t-saoghail. Bha sinn fìor thoilichte leis an taic fhuair sinn bho na daoine a thug aoiigeachd dhuinn ann an Alba agus leis a' chom-pàirteachas ro-innleachdail a bh' againn leotha.”

**Bob Bakish,**  
Ceann-suidhe is Àrd-oifigear aig Paramount Global

“Bha Alba na b' fheàrr na bha sinn an dùil, agus fada seachad air sin, nuair a chùm sinn a' chiad Fharpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI an sin san Lùnastal 2023. Thairis air 11 latha, chaidh àiteachan ann an Glaschu agus air feadh Alba a chleachdadh airson 13 Farpaisean Cruinneil aig UCI airson diofar fharpaisean baidhsagalachd. B' e seo an tachartas baidhsagalachd a bu motha a chaidh a chumail riamh agus thugadh bàrr air gach slat-tomhais airson soirbheachadh, a thaobh àireamh nan daoine a ghabh pàirt, luchd-leantainn agus àireamhan luchd-amhairc airson telebhisean. Bidh cuimhne againn gu bràth air sàr sgilean eagrachaidh nan Albannach, na h-àiteachan is ionadan spòrs mìorbhaileach, na seallaidhean eireachdail agus an fhàilte bhlàth a fhuaras air feadh na dùthcha. Mar thoradh air eòlas is proifeiseantachd muinntir na h-Alba, chaidh tachartas a chumail a mhaireas fada air chuimhne ann an dùthaich cho goireasach is freagarrach 's a th' ann.”

**David Lappartient,**  
Ceann-suidhe Union Cycliste Internationale (UCI)

“Chaidh Co-chruinneachadh na Cruinne airson Saidheans Ùire a chumail ann an Glaschu ann an 2022. Mar bhuidhinn, bha sinn air ar tarraing a dh'Alba air sàillibh na tha iad air a choileanadh ron seo agus nan cothroman a bh' ann taisbeanadh a dhèanamh air na cruthan-tìre sònraichte aca, agus an cultar is na seòrsaichean ùire aca sna cuairtean a chuir sinn air dòigh. Bha sinn cuideachd air ar tarraing a dh'Alba leis na goireasan sàr-mhath, agus ri linn na taice bho Bhiùro Cho-labhairtean Ghlaschu, VisitScotland agus daoine eile a chuidich sinn le ar planadh is ullachadh. Dh'obraich sinn còmhla ris na buidhnean sin fad grunn bhliadhnaichean mus robh an tachartas ann, agus stèidhich sinn com-pàirteachas fìor mhath agus chùm sinn co-chruinneachadh glè shoirbheachail a choisinn duaisean mar thoradh air sin.”

**Bruce Lascelles,**  
a chleachd a bhith na Cheann-suidhe airson Comann Bhreatainn airson Saidheans Ùire

“'S e lomall Fèis Dhùn Èideann an fhèis ealain as motha san t-saoghal agus tha i na margaidh glè chudromach do luchd-prògraim eadar-nàiseanta. Thar nan seachd bliadhna a dh'fhalbh tha i, tro mhòr-thaisbeanadh #DANISH, air cothrom a thoirt do mhuinntir na Danmhairg tuigse nas fheàrr fhaighinn air cultar na h-Alba agus tha an fhèis air ìomhaigh nàiseanta ealain-chluiche na Danmhairg, agus na cothroman eadar-nàiseanta air an son, a neartachadh. Le ìrean riochdachaidh is taisbeanadh fìor àrd agus dòighean-obrach càirdeil is dòigheil aca – chan fhaighear cothrom nas fheàrr airson ealain is obair innleachdach.”

**Karen Toftegaard,**  
Bun-riochdaire aig #DANISH



Farpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI 2023  
© SWpix.com (t/a Photography Hub Ltd)

### 3. Eaconamaidh an Luchd-tadhail

**Luach:** Tha roinn na turasachd ann an Alba a' dol am meud. Uile-gu-lèir, tha na chosgais luchd-turais a' cruthachadh gnìomhachd eaconamach luach £11.6 billean ann an siostam-solair farsaing na h-Alba. Thathar a' tuigsinn gu bheil tachartasan nam pàirt mòr de dh'Eaconamaidh an Luchd-tadhail, agus iad a' toirt adhbharan tarraingeach do dhaoine tadhal air cinn-uidhe, a' toirt taic do ghnothachasan, agus a' tarraing grunn luchd-turais bhon dùthaich fhèin is bho dhùthchannan eile agus iad a' tighinn gus a dhol gu tachartas

#### Co-theacsa Ro-innleachdail Nàiseanta

- 'S e ro-innleachd turasachd nàiseanta a th' ann an **Scotland Outlook 2030**, le lèirsinn gum bi Alba am measg phrìomh dhùthchannan an t-saoghail airson turasachd san 21mh linn agus le ceann-uidhe gus na buannachdan a thig bho thurasachd air feadh Alba a chur am meud agus luach nam buannachdan sin a leudachadh. 'S iad prìomhachasan na ro-innleachd: daoine dealasach, àiteachan soirbheachail, gnothachasan eadar-dhealaichte, agus tursan drùidhteach – agus e na amas leis gach fear dhiubh cumail ri prionnsapalan cunntachail, a tha a' freagairt gu math air an ro-innleachd seo.
- 'S e buidheann nàiseanta na turasachd a th' ann an **VisitScotland** agus tha iad air aon dhen phrìomh luchd-compàirt gus Scotland Outlook 2030 a chur an gnìomh. Mar a chithear ann an Eàrr-ràdh1/D43-44, tha buidheann-stiùiridh nan tachartasan aca na prìomh bhuidheann airson na ro-innleachd seo. 'S e aon de na prìomhachasan aig VisitScotland, bathar is cothroman is tursan sàr mhath is cunntachail a thabhann do luchd-tadhail tro bhith a' cosg ionmhas air agus a' cur taic ri coimhearsnachdan turasachd is thachartasan na h-Alba. An lùib na taice sin tha prògraman maoineachaidh le tabhartasan, tairgsean airson tachartasan mòra, taic do thachartasan tro iomairtean nàiseanta leithid Bhliadhnaichean Sònraichte, taic is co-òrdanachadh dhan roinn, agus margaidheachd is sanasachd a dhèanamh air Alba mar cheann-uidhe far am faighear tachartasan thar nam meadhanan aca air feadh an t-saoghail.

#### Co-theacsa Ro-innleachdail Roinneil

Bidh tachartasan a' cur taic ri eaconamaidhean turasachd roinneil agus iad a' cruthachadh barrachd teachd-a-steach is a' tarraing barrachd dhaoine air feadh roinnean eaconamach leithid aoiagheachd, biadh is deochan, cultar, agus còmhdhail. Bidh ùghdarrasan ionadail a' cur air adhart cinn-uidhe stèidhichte air àiteachan airson nan coimhearsnachdan aca, agus

tha e follaiseach gum bi tachartasan a' cur taic ris na cinn-uidhe sin bho mar a tha prìomh bhuilean na ro-innleachd seo a' co-fhreagairt air an fheadhainn a gheibhear sna ro-innleachdan eaconamach roinneil sin.

- Sgiobaidhean is Ro-innleachdan Thachartasan Ionadail** – tha sgioba no oifigear thachartasan aig a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail Albannach. Tha tòrr dhiubh stèidhichte ann an Roinn Leasachaidh Eaconamach na Comhairle. Mar sin bithear a' coimhead air tòrr thachartasan is fhèisean aig ùghdarrasan ionadail fo sgèith leasachaidhean eaconamach ionadail agus a thaobh mar as motha as urrainn do thachartasan cur ri eaconamaidh an luchd-tadhail. Thathar a' moladh gun tèid ro-innleachdan thachartasan ùghdarrasan ionadail a dhealbhadh gus togail air prionnsapalan na ro-innleachd nàiseanta seo, agus gun tèid prìomhachasan airson tachartasan a chur ri ro-innleachdan turasachd ionadail.
- Com-pàirteachasan Eaconamach Roinneil (CEP)** – Tha planadh airson tachartasan is turasachd riatanach don cho-obrachadh aig CEP. Nì sin cinnteach gun gabhar na cothroman airson cinn-uidhe a leasachadh (a' gabhail a-steach ionmhas ga chosg air bun-structair is tachartasan mar phàirt dhen obair gus bathar is tursan a leasachadh) agus gum bi na leasachaidhean sin a' cur taic ri fàs seasmhach san eaconamaidh.

#### Tachartasan le Tuilleadh

Tha cothroman ann le cuid a thachartasan taghadh iomlanach de ghoinnean is cothroman a thabhann do luchd-tadhail mar phàirt dhen tachartas a' gabhail a-steach tiogaid, àite-fuirich, còmhdhail, biadh is deochan agus gnìomhan eile agus iad uile mar phasgan slàn goireasach dhan luchd-tadhail. Le leithid a thachartasan, far am b' urrainn do dhaoine àite a ghleidheadh le 'pasgan', bhite a' cur taic ri turasachd nan tachartasan agus bhiodh tuilleadh leasachaidh, planaidh is taice a dhith.



Na Longan Mòra ann an Sealtainn  
© The Shetland Flyer

# Coileanadh: A' Measadh Soirbheachas, Aithrisean agus Ath-sgrùdadh

Tha an ro-innleachd seo a' sealltainn cho cudromach 's a tha e gum bithear a' dearbhadh buaidh is buannachdan farsaing nan tachartasan agus iad a' cur gu mòr ri eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine. Tha trì eileamaidean soilleir, eadar-cheangailte ann a thaobh a bhith a' dèanamh measadh, aithris, agus ath-sgrùdadh air soirbheachas is adhartas:

## 1. A' cur an cèill mar a chuidicheas roinn nan tachartasan le bhith a' coileanadh Phrìomh Bhuilean àrd-ìre Nàiseanta:

Leis na modhan-measaidh àrd-ìre seo bu chòir gum bi fianais ann air ìrean-coileanadh nan tachartasan, agus na roinne air fad, thairis air ùine a thaobh mar a chuidicheas iad le bhith a' toirt nam prìomh bhuilean gu buil air a bheil aithrisean air D8. Ri linn cho farsaing 's a tha an roinn, dh'fhaodadh gum bi cuid a mhodhan-measaidh ann a tha nas freagarraiche do dh'aon phàirt dhen roinn seach pàirt eile. Nuair as urrainnear, bu chòir dhaibh dàta a chleachdadh a thathar a' cruinneachadh mu thràth, agus le sin gabhaidh bun-thomhas a stèidheachadh agus gabhaidh an dàta a thuigsinn an coimeas ri roinnean co-cheangailte, leithid turasachd is cultar. Bu chòir

an cleachdadh còmhla ri fianais eile, leithid dàta is rannsachadh càileachdail, gus dealbh shlàn fhaighinn air cùisean. Nuair as urrainnear, dhèanamaid roinn air an dàta a rèir fheartan deamografach agus cruinn-eòlach.


Mar a chaidh a ràdh ann an àiteachan eile, tha raointean ann far am bi an ro-innleachd seo ag amas air piseach a thoirt air modhan-measaidh, gu h-àraidh a thaobh bhuilean co-cheangailte ris an Àrainneachd is Coimhearsnachdan. Tha e anabarrach doirbh an-dràsta an dàta airson roinn nan tachartasan a tharraing a-mach à seataichean dàta nàiseanta airson nan raointean seo gus am bi e ri fhaicinn leis fhèin. Ged a thathar a' dol a dhealbhadh de mhodhan-measaidh àrd-ìre airson nan còig builean mar phàirt de chur-an-gnìomh na ro-innleachd, tha na modhan-measaidh sealach a leanas mar a' chiad cheum sa phròiseas sin:

Comharran-coileanadh Sealach airson nam Builean	Prìomh Bhuilean Nàiseanta				
	An Eaconamaidh	Coimhearsnachdan	An Àrainneachd	Luchd-obrach	Clù is Ìomhaigh
Suirbhidh Gnothachais Bliadhna: Luach malairt gnìomhachas nan tachartasan* (£) agus GVA (£) ann an Alba	X				
Suirbhidh Bliadhna air Uairean is Tuarastalan: A' chuid de luchd-obrach (18+) gnìomhachas nan tachartasan* a tha a' cosnadh nas lugha na An Tuarastal Bith-beò Ceart ann an Alba	X	X		X	
Clàr Gnothachais is Suirbhidh Cosnadh: An uiread 's a tha an ìre cosnadh thairis air na trì bliadhna mu dheireadh air fàs ann an gnìomhachas nan tachartasan* ann an Alba	X			X	
Suirbhidh Bliadhna dhan t-Sluagh: Fiosrachadh-sluaigh air luchd-obrach gnìomhachas nan tachartasan* ann an Alba		X		X	
Suirbhidh Dhachaighean na h-Alba: <ul style="list-style-type: none"> <li>An làthair aig tachartas cultarach san 12 mhìos a dh'fhalbh</li> <li>A' chuid de dhaoine a chanas gu bheil cultar is na h-ealain a' toirt deagh bhuaidh air am beatha</li> <li>Measadh air an nàbaidheachd mar àite airson a bhith a' fuireach</li> <li>A' chuid dhen t-sluagh a rinn obair shaor-thoileach fhoirmeil san 12 mhìos a dh'fhalbh</li> </ul>		X	X	X	
Clàr Bhrandaichean Nàiseanta Anholt-Ipsos: An Sgòr aig Alba air a' Chlàr Bhrandaichean Nàiseanta					X
Comann Eadar-nàiseanta nan Co-chruinneachaidhean is nan Co-labhairtean: Ar n-àite san liosta eadar-nàiseanta airson cinn-uidhe nan tachartasan					X

\*"gnìomhachas nan tachartasan" air a mhìneachadh a rèir chòdaichean nam Bun-inbhean Seòrsachaidh airson Gnìomhachas

2. A' cur taic ris an roinn gus modhan measaidh, luachaidh agus aithris nas fheàrr a chruthachadh gus an gabh luach dha-rìribh nan tachartasan a chur an cèill, agus gus am faighear fianais air mar a chuidicheas iad le prìomh bhuilean nàiseanta (faicibh fiosrachadh air D21).

3. A' measadh adhartas leis a' Phlana Ghnìomh a thèid a dhealbhadh gus obair a dhèanamh mu choinneimh nam 'prìomhachasan' a chithear san ro-innleachd seo. Dh'fhaodadh na gnìomhan a leanas a bhith am measg na feadhna airson gach 'prìomhachas':



Raon	Am Prìomhachas is An Ath Cheum
Adhartas airson Tachartasan	<b>Tachartasan In-ghabhalach</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' dèanamh cinnteach gu bheil an iomadh cultar is dualchas eadar-dhealaichte aig muinntir na h-Alba, a' gabhail a-steach <u>Albannaich Ùra</u>, air an riochdachadh san taghadh de thachartasan againn, oir 's urrainn do thachartasan cruth-atharrachadh a thoirt air cùisean is daoine a mhisneachadh agus iad a' cuideachadh le bhith a' togail choimhearsnachdan in-ghabhalach is taiceil.</li> <li>A' brosnachadh is a' toirt taic do choimhearsnachdan is buidhnean eile gus a dhol an sàs ann an tachartasan tro <u>Eadar-bhuidhnean airson na Treas Roinne</u> agus buidhnean ionadail is nàiseanta eile.</li> <li>A' dèanamh sanasachd air cho cudromach 's a tha Co-ionannachd, Eugsamhlachd, agus In-ghabhail san roinn, agus sinn a' toirt stiùireadh ùr seachad air tachartasan in-ghabhalach agus mar a chuirear air dòigh iad.</li> </ul>
	<b>Ìonmhas is Taic</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh geallaidhean maoineachaidh airson na h-ùine fada ann mar thaic dhan roinn, agus bithear a' sireadh maoineachadh ioma-bhliadhna airson tachartasan nuair a bhios sin freagarrach.</li> <li>A' cumail oirnn a' dèanamh margaidheachd agus sanasachd air Alba mar cheann-uidhe airson tachartasan gus dèanamh cinnteach gun cum daoine orra a' roghnachadh Alba airson an tachartais aca.</li> <li>A' beachdachadh air mar a ghabhas piseach a thoirt air conaltradh is co-obrachadh eadar luchd-maoineachaidh priobhaideach is poblach agus an roinn gus am bi obair chom-pàirteach nas fheàrr ann agus àrainneachd obrach nas taiceil.</li> <li>A' cruthachadh ghoireasan is chothroman ionnsachaidh mar thaic dhan roinn – am measg nam prìomhachasan tha measgachadh nas motha de thobraichean teachd-a-steach, seasmhachd dhan àrainneachd, agus co-chonaltradh le coimhearsnachdan.</li> <li>Dòighean-obrach a chur an sàs gus co-chonaltradh a dhèanamh le agus taic fhaighinn bho raointean poileasaidh taobh a-muigh roinnean na turasachd is nan tachartasan.</li> </ul>
	<b>Rogha is Taghadh</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' cumail oirnn le rogha is taghadh, agus sinn ag obair ann an com-pàirt gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' cur prògram measgaichte (a thaobh seòrsa/meud/buaidh/farsaingeachd) de thachartasan air dòigh eadar tachartasan cultarach, spòrs agus gnothachais, agus nithear cinnteach gun toir cothroman is prògraman maoineachaidh taic dhan amas seo.</li> <li>A' brosnachadh dhòighean-obrach ùr-ghnàthach is tionnsgalach air feadh nan diofar thachartasan.</li> <li>A' togail air iomairtean nàiseanta leithid nam Bliadhnaichean Sònraichte a tha air a bhith soirbheachail, agus a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil taghadh farsaing de dh'obair a' dol air adhart, taic ann, agus builean a chuireas taic ri poileasaidhean nàiseanta.</li> <li>A' cur taic ri ar '<u>tachartasan suaicheanta</u>' ri linn mar a tha feartan air leth sònraichte aca agus ceangal ri Àiteachan.</li> </ul>



	<p><b>A' Measadh, a' Sgrùdadh agus ag Aithris air Builean</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' cruthachadh frèam is goireasan 'coitcheann' airson builean, measadh agus sgrùdadh, agus sinn a' cleachdadh a' ghoireis eventIMPACTS a thèid ùrachadh ann an 2024 mar phrìomh ghoireas, cuideachd bidh prògram foghlaim ann dhan roinn gus stiùireadh a thoirt do dhaoine air mar a mheasar builean, leithid feadhainn co-cheangailte ris an eaconamaidh, coimhearsnachdan, an àrainneachd, luchd-obrach agus iomhaigh.</li> <li>A' comharrachadh chothroman airson co-òrdanachadh is obair chom-pàirteach am measg bhuidhnean poblach a rèir stiùiridhean is aithrisean mar as iomchaidh. Thèid beachdachadh air dòighean san urrainn do phrìomh bhuidhnean obair cho-òrdanaichte a dhèanamh a thaobh an stiùiridh a bheir do luchd-eagrachaidh thachartasan agus a thaobh an dàta a chruinnichear is air an tèid aithris a dhèanamh.</li> <li>Thèid beachdachadh air an fheum a bhiodh ann nam biodh luchd-eagrachaidh ag aithris air seata aontaichte is cunbhalach de builean, co-dhiù a fhuair no nach d' fhuair iad maoinachadh poblach, gus cuideachadh le bhith a' dearbhadh luach na roinne. Thèid gnìomhan freagarrach a chomharrachadh gus dearbhadh cò aig am biodh an t-uallach am measg nam prìomh bhuidhnean airson a bhith a' co-òrdanachadh, a' cruinneachadh agus a' sgaoileadh dàta.</li> </ul>
--	---

Raon	Am Prìomhachas is An Ath Cheum
Adhartas airson a' Ghnìomhachais	<p><b>A' Tàladh, a' Gleidheadh is a' Cruthachadh Taghadh Farsaing de Dhaoine Tàlantach</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' dealbh stiùireadh sònraichte airson na roinne agus a' brosnachadh obair chom-pàirteach eadar fastaichean, Riaghaltas na h-Alba, buidhnean nàiseanta agus aonaidhean-ciùird gus modhan-obrach in-ghabhalach is cunntachail a chur air adhart is taic a chur riutha a thaobh cosnadh is obair shaor-thoileach san roinn, agus sin a' co-fhreagairt air poileasaidhean nàiseanta leithid <u>Obair Choithromach An Toiseach</u> agus <u>Cairt nan Saor-thoileach</u>.</li> <li>A' dèanamh rannsachadh air prìomh bheàran a thaobh sgilean agus cnapan-starra co-cheangailte ri luchd-obrach, gus cuideachadh le bhith a' dealbh is a' cur an gnìomh plana leasachaidh luchd-obrach airson a' ghnìomhachais.</li> <li>A' stèidheachadh com-pàirteachas eadar buidhnean gnìomhachais is foghlaim agus coimhearsnachdan gus sanasachd a dhèanamh air cò ris a tha e coltach a bhith ag obair san roinn, gus daoine a chuideachadh airson na sgilean is an t-eòlas a tha dhìth fhaighinn, agus gus na cothroman a th' ann a dhèanamh nas follaisiche. A' comharrachadh is a' dèanamh sanasachd air eisimpleirean matha de dhaoine a tha ag obair san roinn mar fhianais an iomadh buannachd a gheibhear agus gus cur ri eugsamhlachd luchd-obrach na roinne – bidh feachd-obrach in-ghabhalach ann an uair sin gu gnàthach.</li> <li>Ag obair ann an com-pàirt le sgoiltean is Foghlam Adhartach is Àrd-ìre, a' cuideachadh fhasaichean le bhith a' cruthachadh phrògraman ionnsachaidh a dh'aona-ghnothach stèidhichte san àite-obrach agus siostam luchd-comhairleachaidh – gu h-àraidh do dhaoine òga agus manaidsearan meadhan-ìre gus am bi measgachadh nas cothromaiche ann am measg luchd-obrach a thaobh ghnèithean, chomasan, agus mhion-chinnidhean.</li> </ul>
	<p><b>Sàr Phlanadh is Coileanadh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' cruthachadh cruinneachadh ghoireasan coitcheann airson a' ghnìomhachais gus a bheil e furasta cothrom fhaighinn air fiosrachadh neo-mhearachdach, ùr is buntainneach, air stiùireadh, agus air fios mu shàr dhòighean-obrach bho air feadh na roinne, leithid fios air cothroman trèanaidh is leasachaidh.</li> <li>A' stèidheachadh lionra co-òrdanaichte de dh'fhòraman roinneil airson gnìomhachas nan tachartasan a bhios mar fhòraman ionadail dhan gnìomhachas airson chòmhradh, co-chonaltradh, ionnsachadh, obair ùr-ghnàthach agus gus deagh dhòighean-obrach a cho-phàirteachadh. Bidh co-labhairt nàiseanta nan tachartasan ann a h-uile dà bhliadhna mar thaic do na nithean gu h-àrd.</li> <li>A' stèidheachadh prògram rannsachaidh a' ghnìomhachais gus cùisean ùra is cothroman a chomharrachadh agus gus tuigse fhaighinn orra.</li> <li>A' dèanamh tuilleadh beachdachaidh is leasachaidh air modhan-riaghlaidh airson tachartasan san àm ri teachd gus àrainneachd riaghlaidh cho math 's as urrainn a chruithachadh mar thaic do choileanadh na ro-innleachd seo, agus sinn a' gabhail ealla ri sàr mhodhan-obrach a thaobh seo bho air feadh an t-saoghail.</li> </ul>
	<p><b>Tachartasan Cunntachail</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' dealbh is a' dèanamh sanasachd air stiùireadh dhan roinn, a tha furasta do dhaoine fhaighinn, air mar as urrainn dhaibh cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd sheasmhach againn, a' gabhail a-steach mar as urrainnear sgaoilidhean a thomhas is aithris a dhèanamh orra.</li> <li>A' co-phàirteachadh shàr dhòighean-obrach a thaobh co-chonaltradh le coimhearsnachdan, math dhaoine, agus mar a dh'fhaodas com-pàirt a bhith aig daoine ann an tachartasan.</li> <li>A' beachdachadh air mar a ghabhas aithris a dhèanamh air agus fiosrachadh a chruinneachadh mu builean co-cheangailte ris an àrainneachd, coimhearsnachdan, agus math dhaoine san roinn gus am bi tuigse nas fheàrr againn air buaidh is luach nan tachartasan.</li> </ul>

Raon	Am Prìomhachas is An Ath Cheum
Adhartas airson Alba	<p><b>Bun-structar is Seirbheisean</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' comharrachadh agus a' dèanamh co-chonaltradh ri fòraman planaigh is leasachaidh buntainneach aig ìre ionadail, roinneil, agus nàiseanta, agus sinn a' stèidheachadh chothroman airson co-obrachadh èifeachdach.</li> <li>A' neartachadh nan ceanglaichean foirmeil a th' aig a' ghnìomhachas ri prìomh luchd-compàirt air 'Sgioba na h-Alba' gus am bi daoine nas mothachaile air a chèile, agus gus am bi barrachd tuigse is co-obrachadh ann, me, luchd-solair còmhdaidh, seirbheisean èiginn, luchd-solair àiteachan-fuirich.</li> <li>Ag obair còmhla ri luchd-compàirt gus prìomh chothroman is cnapan-starra a chomharrachadh a thaobh mar as urrainn dhan roinn, tro bhun-structair didseatach na h-Alba, leudachadh air obair na roinne is dòighean-obrach ùr-ghnàthach a chur an sàs agus cuidichidh sin le bhith a' planadh airson Alba a stèidheachadh mar shàr dhùthaich dhidseatach san àm ri teachd.</li> </ul>
	<p><b>Clìù is Ìomhaigh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn, mar roinn, a' cruthachadh, a' cumail suas, agus a' leasachadh lionraidhean làidir tron urrainnear fios a sgaoileadh mu agus taisbeanadh a dhèanamh air Alba mar dhùthaich le clìù eadar-nàiseanta airson tachartasan, me, co-labhairtean, àrd-choinneamhan, fèilltean-malairt eadar-nàiseanta, co-chruinneachaidhean.</li> <li>A' dèanamh feum de na cothroman le tachartasan suaicheanta na h-Alba gus brannd is luachan na h-Alba a shanasachd, oir tha iad aithnichte air feadh an t-saoghail, tha iad mar bhunaidh do ar n-ìomhaigh nàiseanta a thaobh cultar is spòrs agus tha iad dlùth-cheangailte ri Àiteachan.</li> <li>A' dèanamh cinnteach gun gabhar cothrom sam bith gus sanasachd a dhèanamh air an roinn agus air comasan na h-Alba gus tachartasan a chumail, agus sin a dhèanamh ann an dòigh chunbhalach, air feadh mheadhanan air-loidhne agus far-loidhne, agus tro chom-pàirteachasan, beachdan-smuain a bheir stiùir do chàch, cothroman air susbaint-bheachd, iomairtean brannda agus cothroman labhairt.</li> </ul>
	<p><b>Eaconamaidh an Luchd-tadhail</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh an roinn a' togail air is a' cumail taic ri Ro-innleachd Nàiseanta na Turasachd.</li> <li>Thèid beachdachadh air mar as urrainn do phlanadh airson tachartasan a bhith air fhisge a-steach ann an dòigh nas èifeachdaiche do dh'obair nan Com-pàirteachasan Eaconamach Roinneil agus do structairean buntainneach eile.</li> <li>Nithear beachdachadh air na cothroman gus barrachd 'thachartasan le tuilleadh' a stèidheachadh gus taic a chur ri turasachd thachartasan chunntachail.</li> <li>A' cleachdadh thachartasan mar mheadhan gus Alba a shanasachd mar àite fìor mhath airson a bhith a' fuireach is ag obair, ag ionnsachadh, airson turas agus a bhith ri gnothachas. A' dèanamh sanasachd air an fhàilte bhlàth a gheibhear an seo is air ar saoghal nàdarra is cultar beairteach, agus bithear a' dèanamh taisbeanadh air Alba do luchd-tadhail mar cheann-uidhe le tachartasan agus mar Shàr Dhùthaich nan Tachartasan.</li> </ul>

## A' Dealbh is a' Coileanadh a' Phlana Ghnìomh

Gus dèanamh cinnteach gum bi e soilleir dè tha a dhìth agus gu bheil cunntachaladh ann, thathar an dùil gun tèid plana gnìomh mionaideach a dhealbh airson na ro-innleachd seo. Thèid sin a dhealbh is a chur an gnìomh fo stiùir Buidheann-chomhairleachaidh Ghnìomhachas nan Tachartasan (BCGT), còmhla ri luchd-compàirt. Bidh a' bhuidheann sin a' cur aonta ri modhan-measaidh agus a' cumail sùil air adhartas gu cunbhalach.

## Ath-sgrùdadh

Chaidh an ro-innleachd seo fhoillseachadh as t-Earrach 2024 às dèidh co-chomhairleachadh farsaing agus tha i a' gabhail ealla ris na dùbhlain is prìomhachasan a bha ann aig an àm sin. Tha e airson na h-ùine gu 2035 le cothrom air ath-sgrùdadh ma bhios sin a dhìth.





Farpaisean Chòmhlàn-pìoba na Cruinne  
© Kenny Lam/VisitScotland

## Eàrr-ràdh 1:

### Prìomh Bhuidhnean

Tha diofar bhuidhnean ann le uallach airson prìomh mhaoineachadh is taic agus tha dleasan fìor chudromach aca gus cuideachadh le bhith a' coileanadh na ro-innleachd seo. Tha e deatamach gum bi co-obrachadh ann eadar na buidhnean seo ma thathar a' dol a shoirbheachadh leis an ro-innleachd. Am measg nam buidhnean sin tha:

- **Riaghaltas na h-Alba** – an riaghaltas tiomnaichte airson Alba, fo stiùir Mhinistearan na h-Alba. Bidh iad a' dealbh phoileasaidhean gus na cinn-uidhe ro-innleachdail aca a choileanadh, agus bidh iad a' toirt maoineachadh do bhuidhnean poblach gus seirbheisean poblach a chur air adhart, a libhrigeadh, a mhaoineachadh agus a sgrùdadh, no gus comhairle fhiosrach, neo-phàirteach a thoirt do Mhinistearan, Pàrlamaid na h-Alba, buidhnean poblach agus eile a bhios a' toirt sheirbheisean poblach seachad. Tha iad cuideachd a' cur taic ri Com-pàirteachas airson Brannd na h-Alba, sa bheil taghadh de bhuidhnean air a bheil iomradh gu h-ìosal, agus a bhios a' cuideachadh gus sanasachd a dhèanamh air Alba mar àite tionnsgalach, cothromach agus in-ghabhalach airson a bhith a' fuireach is ag obair, ag ionnsachadh, airson turas agus a bhith ri gnothachas.
- Tha dleasan fìor chudromach aig **Ùghdarrasan Ionadail** a thaobh a bhith a' planadh, a' cur air dòigh agus a' toirt taic do thachartasan. Tha dleasan reachdail aca cuideachd a thaobh cuid a nithean co-cheangailte ri **ceadachd** airson tachartasan agus dleasan a thaobh sàbhailteachd a' phobaill, mar as trice rin coileanadh tro phròiseas le **Buidheann Comhairleachaidh Sàbhailteachd**. Tha ro-innleachdan thachartasan sònraichte aig cuid dhiubh leis na prìomhachasan aca, agus tha cuid eile air tachartasan a chur fo sgèith planadh eaconamach roinneil. Tha diofar dhòighean-obrach aca, ach tha e riatanach gun gabh iad pàirt san ro-innleachd seo agus gun toir iad taic dhi.

- **VisitScotland** – buidheann nàiseanta na turasachd. Bidh iad, tro cheannas ro-innleachdail agus com-pàirteachasan leis a' ghnìomhachas, a' cur taic ri agus a' brosnachadh dhòighean-obrach cunntachail agus bidh iad a' dèanamh sanasachd air luach is buannachdan na turasachd is nan tachartasan air feadh Alba. Tha Roinn-stiùiridh nan Tachartasan aca mar phrìomh bhuidheann le uallach airson na ro-innleachd seo agus tha trì sgiobaidhean aca an-dràsta: **EventScotland** a tha a' stiùireadh chùisean a thaobh thairgsean is maoineachadh airson tachartasan spòrs is cultarach; **Leasachadh Gnìomhachas nan Tachartasan** a tha a' stiùireadh chùisean a thaobh co-chonaltradh, chom-pàirteachasan agus shàr dhòighean-obrach, iomairtean nàiseanta leithid nam Bliadhnaichean Sònraichte, agus obair VisitScotland co-cheangailte ri bhith a' cur thachartasan corporra air dòigh; **Tachartasan Gnothachais**, 's iad a' bhuidheann margaidheachd nàiseanta airson margaidheachd a dhèanamh air Alba mar cheann-uidhe airson tachartasan gnothachais, agus iad a' tàladh luchd-gnothaich bho air feadh an t-saoghail, a' cur air dòigh mheadhanan margaidheachd, a' cuideachadh le tairgsean agus a' dèanamh ceangal eadar daoine agus an Riaghaltas.
- **Alba Chruthachail** – a' bhuidheann nàiseanta a tha a' toirt taic do na h-ealain, gnìomhachas an sgrìon, agus gnìomhachasan cruthachail air feadh Alba às leth a h-uile duine a tha a' fuireach, ag obair no a' tadhal an seo. Bidh iad a' toirt seachad maoineachadh Riaghaltas na h-Alba agus a' Chrannchuir Nàiseanta. Tha sin a' gabhail a-steach taic do bhuidhnean a bhios a' cur air dòigh no a' cruthachadh obair airson tachartasan cultarach is fèisean.
- **sportscotland** - bidh a' bhuidheann nàiseanta airson spòrs a' cosg is a' cur an seilbh maoineachadh Riaghaltas na h-Alba is a' Chrannchuir Nàiseanta mar thaic dhan cheann-uidhe gum bi muinntir na h-Alba èasgaidh is gnìomhach. Mar phàirt de sin bidh iad a' toirt taic ionmhasail do spòrs tro chom-pàirteachasan ro-innleachdail, le buidhnean leithid Ùghdarrasan Ionadail agus Buidhnean Riaghaltas na h-Alba. Leis

an ionmhas a thèid a chosg, bithear a' dèanamh cinnteach gun urrainn do roinn na spòrs na cothroman a ghabhail a thig bho thachartasan a thaobh ìomhaigh phoblach diofar sheòrsaichean spòrs agus na th' ann de dhaoine a ghabhas pàirt anna.

- **Buidhnean Iomairt** – Tha **Iomairt na h-Alba**, **Iomairt na Gàidhealtachd** is **nàn Eilean** agus **Iomairt Cheann a Deas na h-Alba** nam buidhnean poblach neo-roinneil aig Riaghaltas na h-Alba. Tha e mar dhleasan orra leasachadh a thoirt air eaconamaidh na h-Alba agus mar sin bidh iad a' toirt taic do phròiseactan a bheir buaidh mhòr air fàs san eaconamaidh. Am measg nam pròiseactan a dh'fhaodadh a bhith ann tha bun-structair, seirbheisean agus cothroman a bheir taic do thachartasan.
- Bidh **Biùrothan Cho-labhairtean Bhailtean-mòra** ann an Glaschu, Dùn Èideann, Obar Dheathain agus Dùn Dè ag obair còmhla ri Tachartasan Gnothachais aig VisitScotland agus luchd-ùidhe acadaimigeach gus an obair a stiùireadh airson Tachartasan Gnothachais a thàladh gu na bailtean-mòra aca, a' gabhail a-steach thairgsean, margaidheachd, agus rannsachadh.
- Tha prìomh uallaichean aig **Poileas Alba** airson sàbhailteachd a' phobaill. Thathar a' tuigsinn gur e sin an rud as cudromaiche nuair a thig e gu planadh airson tachartas, agus mar sin bidh iad a' toirt comhairle is taic do luchd-eagrachaidh thachartasan, luchd-seilbh fearainn, agus ùghdarrasan ionadail air am bithear ag iarraidh **fios a chur gu Poileas Alba** mun tachartas aca cho tràth 's as urrainnear sa phròiseas phlanaidh. An uair sin 's urrainnear obrachadh a-mach a bheil taic a dhìth bhon Phoileas, agus a bheil cosgais gu bhith ann. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh gum feumar rathaidean a dhùnadh, gum bi feum air òrduighean trafaig sealach no gum feum poilis a bhith an làthair.
- 'S e **Còmhdhail Alba** buidheann nàiseanta na còmhdhail a bhios a' toirt lèirsinn Riaghaltas na h-Alba gu buil airson siostam còmhdhail seasmhach, in-ghabhalach, sàbhailte agus so-ruigsinn. A thaobh a bhith a' cur thachartasan air dòigh, am measg nan

uallaichean a th' aca tha a bhith a' toirt stiùireadh seachad airson planadh trafaig airson tachartasan mòra agus a' co-òrdanachadh a' phlanaidh sin, a' gabhail a-steach riaghailtean sònraichte airson tachartasan a chur air dòigh air, no faisg air, prìomh-rathaidean agus mòr-rathaidean

- Tha **Àrainneachd Eachdraidheil Alba** agus **Coilltearachd is Fearann Alba** nam buidhnean aig Riaghaltas na h-Alba le uallach airson ar n-àrainneachd eachdraidheil, coilltean, agus fearann, a' gabhail a-steach tòrr de na làraich a bhios air an cleachdadh gu cunbhalach airson tachartasan.
- **Spòrs na RA** – buidheann leth-cheangailte Riaghaltas na RA a tha cunntachail dhan DCMS. Mar phàirt dhen obair aca air Prìomh Thachartasan Spòrs, bidh iad a' cur maoineachadh a' Chrannchuir Nàiseanta agus Riaghaltas na RA an seilbh mar thaic do thairgsean agus gus cuideachadh le bhith a' cur thachartasan spòrs eadar-nàiseanta air dòigh a tha cudromach aig ìre ro-innleachdail.
- **DCMS** Tha na dleasan aca a thaobh cultar is spòrs, a' gabhail a-steach thachartasan, air an tiomnadh do Riaghaltas na h-Alba. Ge-tà, tha cothroman ann gus obrachadh ann an com-pàirt nuair a dh'fhaodas buannachdan tighinn bho thachartasan is fèisean na h-Alba dhan RA san fharsaingeachd.

### Buidhnean a' Ghnìomhachais

Tha an roinn gu math farsaing agus mar sin tha grunn dhiofar bhuidhnean is fòraman ann airson a' ghnìomhachais ann an Alba, san RA agus thall thairis a bhios a' cuideachadh le obair chom-pàirteach is le bhith a' togail cheanglaichean san roinn agus gus buaidh a thoirt air poileasaidhean. Nam measg tha **Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan** ann an Alba, **Comann Nàiseanta nan Tachartasan A-muigh**, **Comann Fhèisean Ealain Bhreatainn**, **Fòram Gnìomhachas nan Tachartasan**, **Comann nam Fèisean Neo-eisimeileach**, **Caidreachas Gnìomhachas nan Tachartasan**, **Tachartasan na RA**, **Comann Eadar-nàiseanta nan Co-chruinneachaidhean is nan Co-labhairtean (CECC)** agus **Comann Stiùiridh Proifeiseanta nan Co-chruinneachaidhean (CLPC)**.







## Èarr-ràdh 2

### Modhan Co-chomhairleachaidh agus Liosta de Luchd Co-chomhairleachaidh

Rinneadh co-chomhairleachadh farsaing gus cuideachadh le bhith a' dealbh na ro-innleachd ùir seo. San Dùbhlachd 2022, chaidh fiachachadh a thoirt do riochdairean bhon roinn tighinn gu sreath de choinneamhan gus beachdachadh air ceithir cuspairean ro-innleachdail airson cuideachadh le bhith a' dealbh a' cho-chomhairleachaidh phoblaich gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air ro-innleachd nàiseanta nan tachartasan. Chaidh an co-chomhairleachadh sin a thòiseachadh sa Mhàrt 2023 far an robh cothrom aig a h-uile duine sna roinnean poblach is prìobhaideach agus san

treas ron beachdan a thoirt seachad. A thuilleadh air a' cho-chomhairleachadh air-loidhne sin, chaidh prògram de bhùithtean-obrach aghaidh-ri-aghaidh a chumail air feadh na dùthcha gus bruidhinn ri daoine sa ghnìomhachas, agus chaidh sreath de choinneamhan air-loidhne a chumail le buidhnean de luchd-ùidhe. Chaidh co-chonaltradh a dhèanamh ri còrr is 300 buidheann is neach fa leth. Chaidh mion-sgrùdadh a dhèanamh air na toraidhean agus chaidh ealla a ghabhail riutha ann a bhith a' dealbh na ro-innleachd seo.

Thug na buidhnean is daoine a chithear gu h-ìosal freagairt seachad sa cho-chomhairleachadh phoblach no bha iad air an riochdachadh aig seisean co-chonaltraidh. Tha an liosta seo a' sealltainn a h-uile duine is buidheann a thug cead seachad an t-ainm aca a shealltainn.

Farpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI 2023	21CC Group Ltd	Comhairle Baile Obar Dheathain
Sgioba Ball-coise Obar Dheathain	Comhairle Siorrachd Obar Dheathain	AJL Marketing Ltd / Hill & Glen Scotland
Andrew Ormston	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	Arran Pride
BECTU	Fèis Bhelladrum / Fèis: An Cruinneachadh	BEMIS Alba
Nas Fheàrr na Neoni	Farpaisean-deuchainne Eich Eadar-nàiseanta Chaisteal a' Bhlàir	Raibeart MacPhàrlain
Bòrd na Gàidhlig	Comann Àiteachais Aonadh nan Crìochan	Branches & All
Lìog Kabaddi Bhreatainn	Gnìomhachas Mara Bhreatainn, Alba	Iomradh Bhreatainn
Companaidh nam Busgairean airson Beul-chainnt is Cleasachd	Caledonian Concepts	Capital Theatres
Fòram Leasachaidh Chaisteal Dhùghlais	Ceangail CIC	Celtic Connections
Comhairle Baile Dhùn Èideann	Buidheann Dannsa Citymoves	Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann

CM Communications	A' Cho-bhanntachd airson Co-ionannachd is Còraichean Cinneadail	Convention Edinburgh
Co- chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA)	Courtyard by Marriott, Port-adhair Inbhir Nis	Urras Ioma-dhomhain Crawick
Iomairt Carboin Chruthachail na h-Alba	Dùn Èideann Cruthachail	Alba Chruthachail
CRER	Cryptic	Culture Counts
Àiteachan Ealanta	Curladh Obar Dheathain	Dandelion Ltd
Danny Anderson	Deaf Action	DF Concerts
Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh	Comhairle Baile Dhùn Dè	Urras Dualchais Dhùn Dè
Durty Events	Comhairle Siorrachd Àir an Ear	Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear
Eden Court, A' Ghàidhealtachd	Seòmar Malairt Dhùn Èideann	Comann Iomall Fèis Dhùn Èideann
Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann	Oilthigh Napier Dhùn Èideann	Stèidheachd Saidheans Dhùn Èideann
Foghlam Alba	Equity	Buidheann-charthannais Erskine airson Luchd nam Feachdan Armailteach
Euan's Guide	Buidheann-chomhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan	EVENTIT
Comhairle na h-Eaglaise Brice	Fèis Rois	Fèisean Dhùn Èideann
Comhairle Fhìobha	Four Pillars	Fringe by the Sea
Genuine / SRD	GEO Foundation	Oilthigh Cailleannach Ghlaschu
Comhairle Baile Ghlaschu	Fèis Fhilmichean Ghlaschu	Fèis Eadar-nàiseanta Ghlaschu
Fèis Chomadaidh Eadar-nàiseanta Ghlaschu	Glaschu Beò	Ionad Saidheans Ghlaschu
Gordon Hodge	Fèis Cheilteach Innse Gall	Hickory
High Life na Gàidhealtachd	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	Hillside Outside Ltd
Imaginate/WCCF	IMG UK Ltd	Buidheann Eadar-chreideimh na h-Alba
Comann Eadar-nàiseanta nan Curachan	Ionad-cleasachd an Ironworks	JMP3 Ltd (Jeffrey Music Promotions)



JR Events & Sales	Fèis Chiùil Chill Fhinn	Fèis Shamhraidh Chille Chuithbeirt
Fèis Lammermuir	LCC Live	LEAP airson Spòrs
Cur-seachadan is Cultar Dhùn Dè	Comataidh Gluasadachd is So-ruigsinneachd na h-Alba	Comhairle Mhoireibh
Ralaidh Mhuile	Aonadh an Luchd-chiùil	Urras Nàiseanta na h-Alba
Nikki Pearce	Comhairle Siorrachd Àir a Tuath	Arcaibh 2025
Fèis Saidheans Eadar-nàiseanta Arcaibh	Comhairle Arcaibh	Ourea Events
P&J Live, Obar Dheathain	Partaidh aig an Lùchairt	Co-chruinneachadh Luchd-cleasachd na Sròine Reamhra
Comhairle Pheairt is Cheann Rois	Poileas Alba	Aillse Phrostatach – RA
Recast	Comhairle Rinn Friù	Oilthigh Raibeirt Ghòrdain
Urras Leasachaidh Rousay, Egilsay agus Wyre	Comann Gàidhealach is Àiteachais Rìoghail na h-Alba	An t-Ionad Gàidhealach Rìoghail
Comann Rìoghail Gheamannan Gàidhealach na h-Alba	Comann Crann na h-Alba	Lùchairt Sgàin
Urras Ealain na h-Alba	Comhairle Chrìochan na h-Alba	Lìonra Ùr-ealain na h-Alba
Comhairle Bhuidhnean Saor-thoileach na h-Alba	Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba	Àrainn Thachartasan na h-Alba (SEC)
Caidreachas Ghroisirean na h-Alba	Fearann is Oighreachdan na h-Alba	Lìonra Thachartasan Beò na h-Alba
Comhairle Fhògarrach na h-Alba	Comann Sgrìobhadairean-dràma na h-Alba	Sguais na h-Alba
Leasachadh Sgìlean na h-Alba	Caidreachas Cheann-uidhe Cheann a Deas na h-Alba	Spiorad 2012
Spòrsalba	Gàrradh Luibheanach Chill Rìmhinn	Still Going Strong Ltd
Comhairle Shruighlea	Urras Leasachaidh na Sròine Reamhra	Co-chruinneachadh Aonaidhean-ciùird na h-Alba (STUC)
The Enchanted Forest	Comhairle na Gàidhealtachd	Comann Nàiseanta nan Tachartasan A-muigh
Ionad Nàiseanta na Pìobaireachd	The R&A	Ionad Achadh na Creige
Comann Ball-coise na h-Alba Ear-ranta	Fèis Bhàtaichean Traidiseanta na h-Alba / Iomairt Coimhearsnachd Phort Saoidh	This is EventoS
Fèis Chiùil Thiriodh CIC	Còmhdhail Alba	Spòrs RA
Dùn Dè, Baile-mòr an Dealbhachaidh aig UNESCO / Fèis Dealbhachaidh Dhùn Dè	Unique Events Ltd	Unite
Oilthigh Obar Dheathain	Oilthigh Dhùn Dè	Oilthigh Dhùn Èideann
Cruinneachadh Aoiheachd is Thachartasan Oilthigh Dhùn Èideann	Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean	Oilthigh Taobh Siar na h-Alba
VisitAberdeenshire (Biùro Chò-labhairtean Obar Dheathain)	Tadhail air a' Mhonadh Ruadh / Com-pàirteachas Gnothachais a' Mhonaidh Ruaidh	Saor-thoileach Alba
Wasp Studios (Inbhir Nis)	Wraptheworld	Comann nan Sgrìobhadairean
Wyn Fanshawe	Ceanglaichean Òigridh Alba	Gun Ana-caitheamh Alba



